



# ceum annan

Cùrsa do luchd-ionnsachaidh  
na Gàidhlig san àrd-sgoil

Gaelic learners' course for  
secondary schools

EMMA CHRISTIE



# Ceumannan 2

le Emma Christie

Cùrsa do luchd-ionnsachaidh  
na Gàidhlig san àrd-sgoil



**Stòrlann**  
Nàiseanta na Gàidhlig



## Air fhoillseachadh ann an 2010 le:

Stòrlann Nàiseanta na Gàidhlig  
11/12 Acarsaid  
Cidhe Sràid Chrombail  
Steòrnabhagh  
Leòdhas  
HS1 2DF

**Post-dealain: oifis@storlann.co.uk**

**Làrach: www.storlann.co.uk/ceumannan**

© Stòrlann Nàiseanta na Gàidhlig às leth Riaghaltas na h-Alba 2010.

Na còraichean uile glèidhte. Chan fhaodar pàirt sam bith dhen leabhar seo ath-riochdachadh ann an cruth sam bith no ann an dòigh sam bith gun chead ro-làimh ann an sgrìobhadh bho Stòrlann Nàiseanta na Gàidhlig.

Tha Stòrlann Nàiseanta na Gàidhlig a' faighinn taic bho Bhòrd na Gàidhlig.

Dealbhachadh le Pelican Design Consultants, Port Rìgh,  
An t-Eilean Sgitheanach.

Na dealbhan air an tarraing le Bob Dewar.

Dealbhan:  
Sgoilearan Acadamaidh Bhrèid Albainn, Siorrachd Pheairt le Cailean MacIlleathain

Tònaidh Kearney agus Kirsteen NicDhòmhnaill le cead bhon BhBC

Taigh-òsta le cead bho Alasdair MacChaluim

Iomain le cead bho Comann na Camanachd/  
Camanachd Association

Clann a' cluich aig fèis le Ewen Wotherspoon

Deugairean aig Fèis Blas le Ian Rhind le cead bho Blas/Fèisean nan Gàidheal

Dannsa ceum aig Fèis Blas le Reeaz Mohammed le cead bho Blas/Fèisean nan Gàidheal  
A' Hector – Wikimedia Creative Commons

Colaiste Ghàidhlig St Ann's taing do Pheigi NicAsgaill, Ceap Breatann

Màiri Sine NicLaomainn:  
www.maryjanelamond.com

Celtic Colours le Murdock Smith

Dealbhan eile:  
www.shutterstock.com, www.istockphoto.com

Iomhaighean iomain le cead bho Comann na Camanachd agus US Camanachd

Faclan nan òran:  
Òbhan, òbhan mar tha mi, An ceann do chosnaidh,

Turas na Sìde, Saor-làithean, A' coiseachd anns a' bhaile le Shona NicCarraig, Bidh Màiri Ruadh a' dannsa a-nochd – faclan agus fonn le Blair Dùghlas. Air fhoillseachadh le Blair Douglas Music

Illean Bithibh Sunndach (Mairidh Gaol is Ceòl – MacTalla) agus Bidh Màiri Ruadh a' dannsa a-nochd (Ruith na Gaoith – Arthur Cormack) le cead bho Temple Records www.templerecords.co.uk

Clò-bhuailte le Montgomery Litho, Glaschu

ISBN: 978-1-907054-25-9

## Ceumannan 2

**Bu mhath le Stòrlann Nàiseanta na Gàidhlig taing a thoirt dha na leanas a thug taic dhan phròiseact:**

### Pannal Cheumannan:

Catriona Chaimbeul, Fionnlagh Coineagan, Iain Cuimeineach, Sine Drennan, Ruairidh Mac a' Phiocair, Chrisma NicDhòmhnaill agus Nancy Nic a' Ghobhainn

Guthan air na h-earrannan èisteachd:  
Aonghas Pàdraig Caimbeul, Emma Christie, Gilleasbuig Fearghastan, Shona NicCarraig

Clàradh agus deasachadh air na h-earrannan èisteachd:  
Cailean MacIlleathain

Ceòl-taic, rian-ciùil agus clàradh nan òran:  
Blair Dùghlas

Seinn:  
Art MacCarraig

Comhairle air a' Churraicealam airson Sàr-mhathais:  
Màiri NicIlleMhaoil, LTS

Làrach-lìn Cheumannan:  
Niall Mac a' Ghobhainn, Stòrlann Nàiseanta na Gàidhlig

Stuth air-loidhne agus bhidiothan:  
Gillebrìde MacIlleMhaoil

Agallamhan mu obair:  
BBC Alba, Kirsteen NicDhòmhnaill agus Tònaidh Kearney

Geamannan air-loidhne:  
Small-Media-Large, Glaschu

Fiosrachadh air iomain:  
Eòghan Stiùbhart

Taic le stuth air-loidhne:  
Steve Mac an Tàilleir

Dealbhan agus bhidiothan às na sgoiltean:  
le taing do luchd-obrach agus sgoilearan Acadamaidh Bhrèid Albainn, Àrd-sgoil a' Phluic, Àrd-sgoil Phort Rìgh agus Àrd-sgoil Chinn a' Ghiùthsaidh

# Ceumannan 2

duilleag

## Modal 1 Aonad 1 A' Bhodhaig

**Name some parts of the body, say that something is sore, talk about what's wrong with you**

Eacarsaichean/Exercises.....	3
Faclan is Abairtean .....	23
Sùil air ais.....	25
Cultar: Clann òga a' togail Gàidhlig.....	29

## Modal 1 Aonad 2 Cò ris a tha thu coltach?

**Ask what someone looks like, say what colour of hair and eyes you have/someone else has, describe people and things, compare people and things**

Eacarsaichean/Exercises.....	33
Faclan is Abairtean .....	50
Sùil air ais.....	52
Cultar: Far-ainmean.....	54
Ceum air cheum.....	56
Ceum a bharrachd.....	56

## Modal 2 Aonad 1 Dè an obair a th' agad?

**Different jobs, where people work, what they do at work, say what people do/will be doing, say that you will go somewhere**

Eacarsaichean/Exercises.....	61
Faclan is Abairtean .....	79
Sùil air ais.....	81
Cultar: Ag obair ann an saoghal na Gàidhlig.....	86

## Modal 2 Aonad 2 Dè na cur-seachadan a th' agad?

**Different hobbies/pastimes, say what you like most/least, say what you are able/unable to do, say what you prefer**

Eacarsaichean/Exercises.....	89
Faclan is Abairtean .....	112
Sùil air ais.....	114
Cultar: Geamaichean Gàidhealach .....	119
Iomain.....	121
Ceum air cheum.....	124
Ceum a bharrachd.....	125

## Modal 3 Aonad 1 An do dh'fhalbh thu air saor-làithean?

**Say what you did/didn't do, ask if someone did something, say what you did/didn't enjoy, say that you are/are not going somewhere**

Eacarsaichean/Exercises.....	129
Faclan is Abairtean .....	148
Sùil air ais.....	151
Cultar: Eilthreachd.....	157

## **Modal 3 Aonad 2 Dè rinn thu anns na saor-làithean?**

**Say what you did/did not do using irregular verbs, Ask if someone did something using irregular verbs, Say that you are/are not going to do something**

Eacarsaichean/Exercises.....	163
Faclan is Abairtean .....	187
Sùil air ais.....	189
Cultar: Ceap Breatann an-diugh.....	191
Ceum air cheum.....	194
Ceum a bharrachd.....	195

**Ceumannan cànan: More language exercises** **202**

**Faclair Mòr: Gàidhlig gu Beurla** **221**

**Faclair Mòr: Beurla gu Gàidhlig** **228**



- Say what you did/did not do
- Ask if someone did something
- Say what you did/didn't enjoy
- Say that you are/are not going somewhere

## An do dh'fhalbh thu air saor-làithean?

### Cànan:

Past tense of regular verbs

Different words for to:

**a, dhan**

**Tha mi a' dol a...**







Sùil air ais



Sgrìobh



Bruidhinn



Bruidhinn



Leugh

## Sùil air ais 1 A bheil cuimhn' agad?

- Obraich còmhla ri caraid.
- Tha còig mionaidean agad.
- Sgrìobh faclan san tràth sheachad.
- Dèan liosta.
- Cia mheud facal a th' agad?

Work with a partner. Write all the words and phrases you can remember in the past tense. Your teacher may set a stopwatch for five minutes. Make a list.

## Sùil air ais 1b A bheil cuimhn' agaibh?

- Obraich còmhla ri buidheann eile.
- A bheil cuimhn' agaibh air na faclan uile?

Work with another group or with the rest of the class. Compare what you remembered with the other group. If that group has a word you don't remember or understand, ask them to explain it to you.

## Sùil air ais 2a Deuchainn bheag

- Obraich còmhla ri caraid(ean).
- Leugh na seantansan.
- Tha iad uile anns an tràth sheachad.
- Dè tha na seantansan a' ciallachadh?

Work with a partner/group. Read the sentences below. They are all in the past tense. What do the sentences mean?

1. An robh thu a' cluich iomain an-dè?
2. Bha mi ag obair feasgar Diardaoin.
3. Cha robh club-òigridh ann Dihaoine.
4. Fhuair mi preasant.
5. Fhuair mi sporan agus baidhsagal air mo cho-là-breith.
6. Chaidh mi dhan dotair an-diugh. Chan urrainn dhomh coiseachd.
7. Chunnaic mi prògram math air an TBh Dihaoine.
8. Chan fhaca mi am film ùr.
9. Am faca tu mo phiuthar? Tha falt ruadh oirre.
10. Cha robh mi ag iarraidh dinnear. Cha robh an t-acras orm.





Bruidhinn



Coimhead



Coimhead

## Sùil air ais 2b Deuchainn bheag eile

- Obraich còmhla ri buidheann eile.
- An robh na freagairtean agad ceart?

Compare your answers with another group. Were your answers correct? Discuss any differences in your answers.

### 3. Ghabh mi bracaist

- Coimhead air a' bhidio. (Earrann bhidio 1)
- Dè rinn a h-uile duine?
- Èist ris na freagairtean aca.
- Bruidhinn ri do charaid.

Watch the video clips. Each person is being asked if he/she has done a particular thing. They are all answering yes. Listen to their answers. Can you spot a pattern in their answers? Discuss your ideas with your partner.

### 4. Cha do ghabh mi bracaist

- Coimhead air a' bhidio. (Earrann bhidio 2)
- Dè nach do rinn a h-uile duine?
- Èist ris na freagairtean aca.
- Bruidhinn ri do charaid.

Watch the video clips. Each person is being asked if he/she has done a particular thing. They are all answering no. Listen to their answers. Can you spot a pattern in their answers? Discuss your ideas with your partner.

## ceum cànan: language step

### Past tense of regular verbs 1

#### To say that you did something

If verbs are regular, they follow a pattern or set of rules that make them easy to learn and remember. Here you will see the patterns that will help you put verbs into the past tense (to say that you did something). Below are three commands you know well and how to say you have done them.

<b>Dùin an doras!</b>	<b>Dhùin mi an doras.</b>	I closed the door.
<b>Gabh cupa tì!</b>	<b>Ghabh mi cupa tì.</b>	I had a cup of tea.
<b>Suidh sìos!</b>	<b>Shuidh mi sìos.</b>	I sat down.

You can see that the letter **h** has been added to the commands above. This softens the sound of the word. Do you remember what this is called? That's right! Lenition.

Verbs beginning with vowels change too, but in a different way.

<b>Èist!</b>	<b>Dh'èist mi ris an rèidio.</b>	I listened to the radio.
<b>Ith do dhinnear!</b>	<b>Dh'ith mi mo dhinnear.</b>	I ate my dinner.

Verbs beginning with **f** also change.

<b>Fosgail an doras!</b>	<b>Dh'fhosgail mi an doras.</b>	I opened the door.
--------------------------	---------------------------------	--------------------

You will remember that there are words beginning with certain letters that cannot be lenited.

Verbs that begin with **l, n, r, sg, sm** and **st** don't change in spelling at all.

<b>Leugh an leabhar!</b>	<b>Leugh mi an leabhar.</b>	I read the book.
<b>Ruith!</b>	<b>Ruith mi.</b>	I ran.



## 5. Cha do chluich mi

- Èist ris na daoine seo. (Earrann 1)
- Dè rinn iad?
- Dè nach do rinn iad?
- Lion an clàr.

Listen to these people. Are they saying they did or didn't do something? Complete the table. Write ✓ if they did do something or ✗ if they didn't do something.

	Did ( ✓ )	Did not ( ✗ )
a.		
b.		
c.		
d.		
e.		
f.		
g.		



### Past tense of regular verbs 2

#### To say that you didn't do something

Once you know how to say you did something, it is easy to say you didn't do something.

To say you have not done something, you simply put **Cha do** before the verb.

Mar eisimpleir:

**Cha do dhùin mi an doras.** I didn't close the door.

**Cha do dh'ith mi mo dhinnear.** I didn't eat my dinner.

**Cha do leugh mi an leabhar.** I didn't read the book.



## 6a. Sgrìobh mi litir

- Leugh na seantansan.
- Dè rinn na daoine?
- Sgrìobh ✓ no ✗ airson gach seantans.

Read the sentences in speech bubbles. Are the people saying that they did or didn't do something? Write ✓ if they say they did something or ✗ if they are saying they did not.

Mar eisimpleir: 1. ✓

1. Sheinn mi aig a' chonsairt.

2. Dh'ìth mi iasg.



3. Cha do bhruidhinn sinn ri Seòras.

4. Cha do chluich mi an giotàr.

5. Cha do cheannaich mi lèine dhubh.

6. Sgrìobh mi litir.

7. Cha do shnàmh mi aig an ionad-spòrs.

8. Cha do dhanns mi idir aig a' chèilidh.



## 6b. Cha do sgrìobh mi litir

- Tagh ceithir seantansan bho 6a.
- Sgrìobh na seantansan ann an Gàidhlig agus ann am Beurla.

Choose four of the sentences from 6a. Write the sentences in Gaelic and English.



## 7. An do ghabh thu bracaist?

- Coimhead air earrann bhidio 1 no 2 a-rithist. (Earrann bhidio 1 agus 2)
- Èist ris na ceistean.
- Dè tha na daoine ag ràdh?

Watch either video extract 1 or 2 again. This time, listen carefully to the people asking the questions and how each question is answered.



## 8. An do choimhead thu an TBh a-raoir?

- Èist ri Mòrag. (Earrann 2)
- Tha i a' cur cheistean ort.
- Dè rinn thu?
- Dè nach do rinn thu?
- Freagair na ceistean.

Listen to Morag. She is asking you some things. What did you do? What didn't you do? Answer each of her questions.

Mar eisimpleir:

**Mòrag:** An do choimhead thu an TBh a-raoir?

**Thusa:** Choimhead.

**Mòrag:** An do ghabh thu cupa tì?

**Thusa:** Cha do ghabh. Cha toigh leam tì.



### Past tense of regular verbs 3

#### To ask if someone did something

You will have heard people asking others if they did something in **Earrann Bhidio 1** and **2**. You will have noticed that all the questions begin in the same way. Mar eisimpleir:

**An do...?**

Did...?

**An do dhùin thu an doras?**

Did you close the door?

**An do dh'ith thu do dhinnear?**

Did you eat your dinner?

**An do leugh thu an leabhar?**

Did you read the book?



## 9. An do chòrd an turas riut?

- Eist ris an earrainn. (Earrann 3)
- Bha an clas air turas-sgoile ann an Dùn Èideann.
- An do chòrd an turas ris a' chlas?
- Lion an clàr.

	Ainm/Name	✓ / ✗
a.	George	
b.	Lisa	
c.	Mary-Anne	
d.	Donald	
e.	Paul	

Mrs MacLeod's class have just come back from a school trip to Edinburgh. She is asking some of the pupils if they enjoyed the trip. Listen to their conversation. Complete the table. Put ✓ next to the names of the people who enjoyed the trip and ✗ beside those who didn't.



### ceum cànan: language step

#### An do chòrd e riut/rihb?

You already know: **Tha ceòl a' còrdadh rium.** I enjoy music.

If you want to ask if someone enjoyed something, you say:

#### An do chòrd ... riut/rihb?

If you want to say that you enjoyed something, you say:

**Chòrd e rium.** I enjoyed it.

**Chòrd Dùn Èideann rium.** I enjoyed Edinburgh.

If you didn't enjoy something you say:

**Cha do chòrd e rium.** I didn't enjoy it.

**Cha do chòrd marcachd rium.** I didn't enjoy horse riding.



## 10. Sradag air saor-làithean!

- Èist ris na sgoilearan. (Earrann 4)
- Tha iad a' bruidhinn ri neach-naidheachd à Sradag.
- 'S e iris Ghàidhlig a th' ann an Sradag.
- Tha na sgoilearan a' bruidhinn air dè rinn iad anns na saor-làithean.

Gaelic teenagers' magazine Sradag is running a feature on holidays. They have spoken to six pupils all spending their school holidays differently. The pupils have been asked to keep a diary and take photographs of the things they did during their holidays. Listen to the pupils introducing themselves to the Sradag journalist.

### Sradag air saor-làithean!



Teàrlach



Ciorstaidh



Anndra



Beathag



Donnchadh



Sileas



### ceum cànan: language step

In this unit you will find two different words for to:

**a** and **dhan** = to...

You have used **dhan** already in previous units. Have a look back to **Modal 2 Aonad 1** if you can't remember.

Notice that both **a** and **dhan** can sometimes change the word that comes after them. Generally, you use **a** for most place names in Gaelic but **dhan** when the place name has 'the' in front of it in Gaelic:

**An t-Òban dhan Òban**

**An Gearasdan dhan Ghearasdan**

Mar eisimpleir:

**Tha mi a' dol a Chanada.**

I am going to Canada.

**Chaidh mi a Ghlaschu.**

I went to Glasgow.

**Tha mi a' dol dhan Eilean Sgitheanach.**

I am going to the Isle of Skye

**Chaidh mi dhan Òban.**

I went to Oban.

You will learn more about when to use **a** and **dhan** in **Ceumannan 3**.



Bruidhinn

## 11. Anns na saor-làithean, chaidh mi...

- Obraich còmhla ri caraid.
- Coimhead air an liosta de shaor-làithean.
- Càit an deach thu?
- Cleachd a no dhan.
- Inns dha do charaid.
- Tòisich le: Anns na saor-làithean, chaidh mi...
- Gabh turas mu seach.
- Chaidh eisimpleir a dhèanamh dhut.



Glaschu	Sasainn
An t-Òban	An t-Eilean Sgitheanach
Canada	Ulapul

Work with a partner. Look at the list of holiday destinations opposite. Where did you go? Use a or dhan. Tell your partner where you went. Begin with: Anns na saor-làithean, chaidh mi... Take turn about. An example has been done for you.

Mar eisimpleir: **Anns na saor-làithean, chaidh mi a Dhùn Èideann.**



Èist

## 12. An do chuir thu do sporan nad bhaga?

- Èist ris an earrainn. (Earrann 5)
- Tha Ciorstaidh a' falbh air saor-làithean còmhla ri a caraid Sìne.
- Seo an liosta a rinn i.
- An do chuir i a h-uile càil anns a' bhaga?
- Dè nach eil aice?
- Sgrìobh ann am Beurla.

Kirsty is preparing to go away on holiday with her friend Jane and her family. Her mum is checking that Kirsty has packed everything she needs. Look at the list of things she wants to take. What has she forgotten? List the items she has forgotten in English.



Mo bhaga

briogais ghorm	stocainnean	drathais
seacaid dhubh	briogais uaine	aodach-spòrs
lèintean-T	sgiorta dhearg	brògan-spòrs
geansaidhean	còta-uisge	deise-snàmh
sporan	camara	fòn-làimhe
leabhar-latha		





## 13. Ceistean agus freagairtean

- Coimhead air na builgeanan gu h-iseal.
- Tha ceistean agus freagairtean annta.
- Cuir na ceistean agus na freagairtean ceart còmhla.

In the bubbles below, you will find questions and yes and no answers. Match the questions with their correct yes and no answers. Here is an example to get you started.

**An do sheinn thu aig a' chonsairt?**

**Sheinn**

**Cha do sheinn**



modal 3 aonad 1

**An do dh'fhalbh thu air saor-làithean?**

**An do dh'òl thu cupa cofaidh?**

**An do chuir thu camara nad bhaga?**

**An do dh'fhuirich thu ann an taigh-òsta?**

**An do chluich thu an fhidheall aig an fhèis?**

**An do chòrd am film riut?**

**An do bhruidhinn thu Fraingis?**

chòrd                      chuir

dh'fhalbh                dh'fhuirich

                                chluich                dh'òl

bhruidhinn

cha do chòrd              cha do dh'fhuirich

cha do dh'fhalbh        cha do chluich

cha do chuir              cha do dh'òl

cha do bhruidhinn



## 14. Dh'ith mi feòil

- Leugh na seantansan gu h-ìseal.
- Sgrìobh na seantansan ann am Beurla.

Read the sentences below and translate them into English.

1. Bha an t-acras orm aig sia uairean. Dh'ith mi feòil, buntàta, càl agus currain. Bidh mi cho reamhar ri ròn!
2. Cha do shnàmh mi aig Spòrs an-diugh. Cha robh mi gu math. Shuidh mi sìos agus choimhead mi air a h-uile duine eile a' snàmh.
3. Bha mi uabhasach fuar an-diugh. Dhùin mi an uinneag, ach a-nise tha mi ro bhlàth.
4. Leugh sinn dealbh-chluich ann an Gàidhlig an-diugh. Bha e uabhasach èibhinn.
5. Dh'fhalbh m' athair agus mo mhàthair a Ghlaschu Disathairne. Dh'fhuirich mise còmhla ri mo sheanmhair.
6. Cha do sheinn mi idir aig a' chèilidh Diardaoin. Bha m' amhach goirt agus bha an cnatan orm. Sheinn mo bhràthair dà òran agus chòrd na h-òrain ris a h-uile duine.
7. Chluich An t-Eilean Sgitheanach agus Cinn a' Ghiùthsaidh gèam iomain air an deireadh-sheachdain. Bhuannaich Cinn a' Ghiùthsaidh ach chluich An t-Eilean Sgitheanach gu math cuideachd.
8. Chuir mi orm mo chòta mòr dubh anns a' mhadainn. Cha do chuir mi orm mo mhiotagan agus bha mo làmhan fuar.



## 15. Cartùn

- Dèan dealbh.
- Dè rinn na daoine anns an dealbh?
- Dè nach do rinn na daoine?
- Cleachd gnìomhair ùr à Eacarsaich 13 no 14.

Draw a cartoon showing people talking in Gaelic about what they have or have not done. Use one of the verbs from Exercise 13 or 14.



Chluich mi geamannan coimpiutair. Bhuannaich mi agus bha mi toilichte.



## 16. Abair turas fada!

- Obraich còmhla ri caraid.
- Tha thu a' leughadh Sradag.
- Leugh thu mu na deugairean seo.
- Sgrìobh iad mu na saor-làithean aca.
- Dè tha iad ag ràdh?
- Sgrìobh ann am Beurla.

You are reading Sradag. The teenagers are writing about the first day of the holidays. Choose two of the diary entries. Discuss the information with your partner. Make sure you both understand what is being said. Write the information in English. Your teacher may ask you some questions about what you have read. Watch out for new vocabulary!



### Facal ùr

Ràinig sinn. We arrived.

Disathairne 30 an t-Ògmhios

Tha mi anns an Fhraing.



Dh'fhàg sinn an sgoil aig ceithir uairean feasgar agus ghabh sinn bus gu Portsmouth ann an ceann a deas Shasainn. Shuidh mi ri taobh Anna air a' bhus. Bhruidhinn sinn agus leugh sinn irisean. Ràinig sinn Portsmouth aig sia uairean sa mhadainn. Ghabh sinn bàt'-aiseig dhan Bhreatainn

Bhig anns an Fhraing. Cha robh mi gu math air a' bhàta. Bha cur na mara orm. Ràinig sinn a' Bhreatann Bheag aig sia uairean feasgar. Tha sinn a' campachadh ann an St Malo - baile beag brèagha. Tha mise ann an teanta còmhla ri Lisa agus Catriona. Chaidh sinn gu taigh-bidh airson dinnear. Ghabh mi cearc agus sliseagan agus dh'òl mi sùgh ubhail. Bha e math. Abair turas fada! Tha mi uabhasach sgìth.

Oidhche mhath!  
Sileas x

Disathairne 7 an t-Iuchar



Tha mi ann an Càirinis ann an Uibhist a Tuath a' fuireach còmhla ri mo sheanair agus mo sheanmhair.

Ghabh mi am bàt'-aiseig a Loch nam Madadh aig deich uairean sa mhadainn. Ghabh mi bracaist mhòr air a' bhàta - isbeanan, ugh, hama, marag dhubb agus tost agus dh'òl mi bainne. Leugh mi leabhar agus dh'èist mi ri ceòl air an iPod agam cuideachd. Ràinig am bàta Loch nam Madadh aig cairteal gu dà uair dheug. Bha mo sheanair aig a' chidhe agus dh'ràibh sinn a Chàirinis. Cha do rinn mi mòran feasgar. Bha mi ag obair air a' chroit còmhla ri mo sheanair. Ghabh sinn dinnear aig sia uairean - feòil, buntàta agus currain agus paidh ubhail le uachdar. Math, math! Tha mo sheanmhair fìor mhath air còcaireachd. Tha mi a' dol dhan leabaidh a-nise. Tha e deich uairean. Bidh sinn a' dol dhan eaglais a-màireach. Tha an fhèis a' tòiseachadh Diluain.

Donnchadh

Disathairne 24 am Màrt

Tha mi ann an Canada.



Dh'fhàg sinn Glaschu aig leth-uair an dèidh naoi sa mhadainn. Ghabh sinn plèan a dh'Alba Nuadh. Choishead mi film air a' phlèan agus chluich mi geamannan coimpiutair. Ràinig sinn Ceap Breatann ann an Alba Nuadh aig còig uairean feasgar. Tha i fuar! Tha sinn a' fuireach ann an taigh-òsta ann am Ben Eoin - baile beag breàgha. Bidh iad a' bruidhinn Fraingis agus Gàidhlig an seo. Chaidh sinn gu taigh-bidh agus bhruidhinn mi Gàidhlig ris an neach-frithealaidh. Ghabh mi brot agus staoig agus sliseagan. Bha mi cho làn ri cnò. Ò, tha mi sgìth ach tha mi toilichte! Bidh mi a' sgrìtheadh a-màireach. Abair spòrs!

Teàrlach

Disathairne 31 am Màrt

Tha mi ann an Sasainn.



Dh'fhàg sinn an Gearasdan aig naoi uairean sa mhadainn agus dhràibh sinn a Shasainn. Stad sinn ann an Glaschu agus ghabh sinn biadh. Ghabh mi brot agus ceapaire le hama agus càise. Dh'òl mi còc. Ràinig sinn Center Parcs aig leth-uair an dèidh ceithir feasgar. Tha sinn a' fuireach ann an loids agus tha e uabhasach snog. Tha Center Parcs mòr. Tha amar-snàmh, taighean-bidh, talla-spòrs, bùthan agus taigh-dhealbh ann! Cha robh sinn a' dèanamh mòran a-nochd. A-màireach, bidh sinn a' snàmh anns an amar-snàmh agus a' cluich teanas.

Oidhche mhath!  
Ciorstaidh x



## 17a. Abair latha trang!

- Èist ri Anndra. (Earrann 6)
- Cha do sgrìobh e anns an leabhar-latha idir.
- Tha e a' fònadh dhachaigh.
- Tha e a' bruidhinn mun chiad latha aige.
- Freagair na ceistean.
- Sgrìobh a, b no c.

Listen to Andrew. He didn't write in his diary but he is phoning home. He is talking about his first day. Answer the questions. Write a, b or c.

### 1. Andrew says they are staying in

- a hotel
- a youth hostel
- the city centre

### 2. He is sharing a room

- with three other boys
- with three girls
- with some boys from Spain

### 3. They arrived in Edinburgh at

- 4pm
- 4.30pm
- around 4pm

### 4. What did they do first?

- They went to the zoo.
- They went to the shops.
- They went to the cinema.

### 5. What did he eat in the café?

- roast beef
- roast chicken
- roast potatoes

### 6. What was the film like?

- funny
- scary
- boring

### 7. Tomorrow they are going to

- the zoo
- the shops
- Edinburgh Castle

### 8. Andrew's dad tells him to

- behave himself
- phone again on Tuesday
- do both a and b





## 17b. Latha trang eile

- Èist ri Beathag. (Earrann 7)
- Cha do sgrìobh i anns an leabhar-latha idir.
- Tha i a' fònadh gu Màiri.
- Tha i a' bruidhinn mun chiad latha aice.
- Lìon na beàrnan.

Rebecca didn't write a diary on the first day of the holidays. Listen to her phone conversation. She is talking to Mary about her first day at work. Fill in the blanks.

a. Rebecca has a holiday job in a café in the \_\_\_\_\_.

b. She says that work was quite \_\_\_\_\_ today and she is \_\_\_\_\_.

c. In the café, Rebecca is a \_\_\_\_\_ and she also makes \_\_\_\_\_ and \_\_\_\_\_.

d. It is Lynsey's birthday on \_\_\_\_\_ and Mary has bought her a small \_\_\_\_\_ and some chocolate.

e. Rebecca \_\_\_\_\_ go to Mull on \_\_\_\_\_.

f. They will be going \_\_\_\_\_ and cycling. Mary says that they will go \_\_\_\_\_ in the sea but Rebecca says she \_\_\_\_\_.





## 17c. Seantansan

- Seo faclan agus abairtean bhon chòmhradh. (Earrann 7)
- Cuir na h-abairtean ann an seantansan ùra.
- Sgrìobh na seantansan ann an Gàidhlig agus ann am Beurla.

Here are some words and phrases from Rebecca and Mary's conversation. Write the sentences in English and Gaelic.


- Chan eil mòran
- saor-làithean
- sporan
- 'S math a rinn thu!
- a' falbh air baidhsagal
- An do chòrd e riut?
- cheannaich mi
- chan urrainn dhomh



## 18. Leabhar-latha

- Tha thu fhèin air saor-làithean.
- Sgrìobh leabhar-latha.
- Dè bha thu a' dèanamh?
- A bheil na saor-làithean a' còrdadh riut?

You are on holiday. Write a diary entry on the first night telling about your journey and where you are staying. To help you, read over the diaries written by Kirsty, Charlie, Duncan and Julia in Exercise 16. The vocabulary box on page 152 shows some of the phrases they used in their diaries.





## Faclan feumail

dh'fhàg sinn ... aig...  
ghabh sinn bàt' -aiseig/ plèan  
dhràibh sinn  
shuidh mi ri taobh...  
air an turas  
chluich mi geamannan coimpiutair  
dh'èist mi ri ceòl  
leugh mi irisean  
ràinig sinn  
Abair turas fada!  
ostail-òigridh  
teantaichean  
loids  
taigh-òsta  
tha mi ann an rùm còmhla ri...  
chaidh sinn gu taigh-bìdh  
Bhruidhinn mi Gàidhlig ris an  
neach-frithealaidh.  
Ghabh mi ... airson dinnear.  
chòrd e rium/cha do chòrd e rium  
A-màireach, bidh sinn...

we left ... at ...  
we took a ferry /a plane  
we drove  
I sat beside...  
on the journey  
I played computer games  
I listened to music  
I read magazines  
we arrived  
What a long journey!  
a youth hostel  
tents  
a lodge, a cabin  
a hotel  
I am sharing a room with...  
we went to a restaurant  
  
I spoke Gaelic to the waiter.  
I had ... for dinner.  
I enjoyed it/ I didn't enjoy it  
Tomorrow, we will be...





Bruidhinn



Leugh



Sgrìobh

## 19. Air saor-làithean

- Bha thu fhèin air saor-làithean.
- Tha thu a' bruidhinn ri do charaid air-loidhne.
- Leugh na ceistean.
- Sgrìobh na freagairtean.
- Dèan an còmhradh còmhla ri do charaid.

You have been on holiday. Your friend has sent you a list of questions online to answer when you get back. Read the questions. Write your answers. Record the conversation with your partner.

### Ceistean, ceistean agus ceistean eile

Hai!

\_\_\_\_\_

Ciamar a tha thu?

\_\_\_\_\_

Chan eil dona, tapadh leat. An robh saor-làithean math agad?

\_\_\_\_\_

Càit an robh thu?

\_\_\_\_\_

Cò ris a bha e coltach?

\_\_\_\_\_

Glè mhath. An do dh'fhuirich thu ann an taigh-òsta?

\_\_\_\_\_

Dè bha thu a' dèanamh?

\_\_\_\_\_

An do chòrd e riut?

\_\_\_\_\_

An do cheannaich thu preasantan?

\_\_\_\_\_

## 'S math a rinn thu!

- An urrainn dhut na leanas a dhèanamh?
- Obraich còmhla ri caraid.
- Dèan measadh air a chèile.

Check that you can do the following. Test yourself with a partner.



'S urrainn dhomh / I can:

Say that I did/did not do something

Ask if someone did something

Say that I am/am not going somewhere

Say what I did/did not enjoy

## Faclan is Abairtean

### A' dol...

a Chanada  
a dh'Uibhist  
a Dhùn Èideann  
a Ghlaschu  
a Loch nam Madadh  
a Mhuile  
a Shasainn

### Eile

a' campachadh  
a' cuideachadh  
aig a' chidhe  
air ais  
air falbh  
amar-snàmh, an t-amar-snàmh (m)  
An do bhuannaich thu?  
An do bhruidhinn thu (ri)...?  
An do cheannaich thu...?  
An do cheannaich thu preasantan?  
An do chluich thu iomain?  
An do choimhead thu...?  
An do chòrd e riut/ribh?  
An do chuir thu...?  
An do dh'fhàg thu?  
An do dh'èist thu ri...?  
An do dh'fhalbh thu?  
An do dh'fhosgail thu...?  
An do dh'fhuirich thu...?  
An do dh'ith thu do dhinnear?  
An do dh'òl thu...?  
An do dhanns thu (còmhla ri)...?  
An do dhùin thu...?  
An do ghabh thu...?  
An do ghabh thu bracaist?  
An do leugh thu an leabhar?  
An do ruith thu?  
An do sgrìobh thu...?  
An do sheinn thu?  
An do shnàmh thu?  
An do shuidh thu...?  
anns a' mhuir  
anns an Fhraing  
bàt'-aiseig, am bàt'-aiseig (m)

### Going to...

to Canada  
to Uist  
to Edinburgh  
to Glasgow  
to Lochmaddy  
to Mull  
to England

### Other

camping  
helping  
at the pier  
back  
away  
swimming pool, the swimming pool  
Did you win?  
Did you talk (to)...?  
Did you buy...?  
Did you buy presents?  
Did you play shinty?  
Did you watch...?  
Did you enjoy it?  
Did you put...?  
Did you leave?  
Did you listen to...?  
Did you go (away)?  
Did you open...?  
Did you stay/live...?  
Did you eat your dinner?  
Did you drink...?  
Did you dance (with)...?  
Did you close...?  
Did you have/take...?  
Did you have breakfast?  
Did you read the book?  
Did you run?  
Did you write...?  
Did you sing?  
Did you swim?  
Did you sit...?  
in the sea  
in France  
ferry, the ferry

Beathag	Rebecca
Bhruidhinn mi (ri)...	I spoke (to)...
Bhruidhinn mi Fraingis.	I spoke French.
Bhuannaich mi...	I won...
blàth	warm
camara, an camara (m)	camera, the camera
campa shaor-làithean, an campa-shaor-làithean (m)	holiday camp, the holiday camp
ceann a deas Shasainn	south of England
Cha do bhruidhinn mi (ri)...	I didn't speak (to)...
Cha do bhuannaich mi...	I didn't win...
Cha do cheannaich mi...	I didn't buy...
Cha do chluich mi...	I didn't play...
Cha do choimhead mi...	I didn't watch...
Cha do chòrd e rium.	I didn't enjoy it.
Cha do chuir mi...	I didn't put...
Cha do dh'èist mi (ri)...	I didn't listen (to)...
Cha do dh'fhàg mi...	I didn't leave...
Cha do dh'fhalbh mi...	I didn't go (away)...
Cha do dh'fhosgail mi...	I didn't open...
Cha do dh'fhuirich mi...	I didn't stay...
Cha do dh'ith mi...	I didn't eat...
Cha do dh'òl mi...	I didn't drink...
Cha do dhùin mi...	I didn't close...
Cha do ghabh mi...	I didn't have/take...
Cha do leugh mi...	I didn't read...
Cha do ruith mi...	I didn't run...
Cha do sgrìobh mi...	I didn't write...
Cha do sheinn mi...	I didn't sing...
Cha do shnàmh mi...	I didn't swim...
Cha do shuidh mi...	I didn't sit...
Cheannaich mi...	I bought...
Chluich mi...	I played...
Choimhead mi...	I watched...
Chòrd e rium gu mòr.	I really enjoyed it.
Chòrd snàmh rium.	I enjoyed swimming.
Chuir mi...	I put...
còmhla ri...	along with...
còta-uisge, an còta-uisge (m), còtaichean-uisge	raincoat, the raincoat, raincoats
deise-snàmh, an deise-snàmh (f)	swimsuit, the swimsuit
Dh'èist mi (ri)...	I listened (to)...
Dh'fhàg mi...	I left...
Dh'fhalbh mi...	I went (away)...
Dh'fhosgail mi...	I opened...
Dh'fhuirich mi...	I stayed...
Dh'ith mi...	I ate...

Dh'òl mi...	I drank...
dhan Bhreatainn Bhig	to Brittany
Dhràibh sinn...	we drove...
Dhùin mi...	I closed...
Ghabh mi...	I had/took...
Ghabh mi bracaist.	I had breakfast.
le gaol	with love
leabhar-latha, an leabhar-latha (m)	diary, the diary
lèintean-T, na lèintean-T	T-shirts
Leugh mi...	I read...
loidse, an loidse (f)	a lodge, the lodge
marag dhubh, a' mharag dhubh (f)	black pudding, the black pudding
margaidh, a' mhargaidh (f), margaidhean	a market, the market, markets
milsean, am milsean (m), na milsein	dessert, the dessert, desserts
neach-naidheachd, an neach-naidheachd (m)	reporter, the reporter
Oidhche mhath...	Good night...
ostail-òigridh, an ostail-òigridh (f), ostailean-òigridh	a youth hostel, the youth hostel, youth hostels
paidhir, am paidhir (m), pàidhrichean	a pair, the pair, pairs
plèan, am plèan (m), plèanaichean	a plane, the plane, planes
Ràinig mi...	I arrived...
ri taobh	beside
Ruith mi...	I ran...
rùm, an rùm (m), rumannan	a room, the room, rooms
saor-làithean, na saor-làithean	holidays, the holidays
seachdain, an t-seachdain (f), seachdainean	a week, the week, weeks
Sgrìobh mi...	I wrote...
Sheinn mi...	I sang...
Shnàmh mi...	I swam...
Shuidh mi...	I sat...
sinn	we
Sradag	Spark
teanta, an teanta (f), teantaichean	a tent, the tent, tents
Tha i fuar.	It's cold.
toilichte	happy
tràigh, an tràigh (f), tràighean	a beach, the beach, beaches
trèan, an trèan (f), trèanaichean	a train, the train, trains
turas-sgoile, an turas-sgoile (m)	a school trip, the school trip
Ùige	Uig



## Sùil air ais 1 An do chòrd am piotsa riut?

- Èist ris an earrainn. (Earrann 8)
- Dè rinn na daoine?
- Lìon an clàr.



Listen to the extract. The people are being asked if they have done certain things. Complete the table.



		Ceart	Ceàrr
a.	Eilidh went to France in the holidays.		
b.	Iain didn't enjoy his pizza.		
c.	Anne hasn't read the book.		
d.	Joan spoke to Donald in school today.		
e.	Rachel stayed in a hotel when she was on holiday.		
f.	Calum forgot to switch off the TV.		
g.	James didn't listen to the radio today.		
h.	Katie didn't play the clarsach at the fèis.		



## Sùil air ais 2a An clas trang

- Tha an tidsear a' bruidhinn riut anns a' chlas.
- Inns dhan tidsear gun do rinn thu gach rud a bha e ag iarraidh.
- Sgrìobh do fhreagairtean.



The teacher is speaking to you in class. Tell the teacher you have done each thing he wanted you to do. Write your answers.

Mar eisimpleir:

Dùin an doras! Dhùin mi an doras.

1. Suidh sìos!
2. Fosgail an uinneag!
3. Seas aig an deasg!
4. Leugh leabhar!
5. Sgrìobh litir!
6. Bruidhinn ri caraid!
7. Èist ris an CD!
8. Coimhead air an eadar-lìon!
9. Cluich gèam!
10. Cuir ort do sheacaid!



## Sùil air ais 2b An clas leisg


- Tha an tidsear a' bruidhinn riut anns a' chlas.
- Inns dhan tidsear nach do rinn thu gach rud a bha e ag iarraidh.
- Sgrìobh do fhreagairtean.

Your teacher is asking you if you have done certain things. You haven't done any of them. Tell him you have not done each thing he asks. Write your answers.

Mar eisimpleir: An do dhùin thu an doras?

Cha do dhùin mi an doras.

1. An do dh'fhosgail thu do bhaga?
2. An do sheinn thu òran?
3. An do shuidh thu ri taobh lain?
4. An do ghabh thu deoch uisge?
5. An do chuir thu na leabhraichean air falbh?
6. An do ruith thu gu rùm 10?







## Sùil air ais 3 An do dh'fhuirich thu ann an taigh-òsta?

- Leugh na ceistean.
- Dè rinn na daoine?
- Dè nach do rinn iad?
- Sgrìobh na freagairtean.

These people are being asked if they have done different things. Write the answers they give.

Mar eisimpleir:

An do dh'fhuirich thu ann an taigh-òsta?



Dh'fhuirich



Cha do dh'fhuirich

1. An do chòrd na saor-làithean riut?



\_\_\_\_\_

2. An do dh'òl thu sùgh orainseir?



\_\_\_\_\_

3. An do sgrìobh thu litir?



\_\_\_\_\_

4. An do dh'fhosgail thu an uinneag?



\_\_\_\_\_

5. An do chuir thu dheth an TBh?



\_\_\_\_\_

6. An do sheinn thu aig a' chèilidh?



\_\_\_\_\_

7. An do leugh thu an leabhar?



\_\_\_\_\_

8. An do ghabh thu bàt'-aiseig a dh'Uibhist?



\_\_\_\_\_

9. An do dhràibh thu a Dhùn Èideann?



\_\_\_\_\_

10. An do dh'èist thu ris an rèidio?



\_\_\_\_\_



## Sùil air ais 4 Latha Catrìona

- Leugh mu latha Catrìona.
- Coimhead air na dealbhan.
- Cuir na dealbhan san òrdugh cheart.
- Lion an clàr.
- Chaidh a' chiad fhear a dhèanamh dhut.

Read about Catrìona's day and look at the pictures. Arrange the pictures in the correct order. Complete the table. The first has been done for you.

Ghabh mi bracaist aig cairteal gu ochd sa mhadainn – brochan agus sùgh orainseir.

Ghabh mi am bus dhan sgoil aig ochd uairean. Ràinig mi an sgoil aig cairteal gu naoi. Bha Saidheans agam anns a' mhadainn. Chan eil mi math air Saidheans ach tha e inntinneach. Aig uair, ghabh mi biadh. Dh'fith mi ceapaire agus ubhal agus bhruidhinn mi ri mo charaidean Seònaid agus Lionsaidh.

Feasgar, bha Eaconamas Dachaigh agam. Chòrd e rium. Bha sinn a' dèanamh cèic. An dèidh na sgoile, chaidh mi gu club teanas. Chluich mi còmhla ri Daibhidh ach cha do bhuannaich mi. Tha Daibhidh uabhasach math air teanas.

Aig ceithir uairean ghabh mi an tràin dhachaigh. Dh'èist mi ri ceòl agus leugh mi iris air an tràin. Ràinig mi dhachaigh mu leth-uair an dèidh ceithir agus choimhead mi an TBh. Aig sia uairean ghabh mi dinnear – cearc, buntàta agus brocolaidh. An dèidh sin, bha mi a' dèanamh obair-dachaigh – Fraingis agus Matamataig. Chaidh mi dhan leabaidh aig deich uairean.



a. 

b. 

c. 

d. 

e. 

f. 

g. 

h. 

i. 

j. 

k. 

1	2	3	4	5	6	7	8	9	10	11
g										



## Sùil air ais 5a A' Chòrn

- Èist ri Dòmhnall a' bruidhinn ri caraid. (Earrann 9)
- Chaidh e a Shasainn.
- Tagh na freagairtean ceart.

Listen to Donald talking to his friend about the trip he took to England. Choose the correct answers below.

**1. Donald's friend is called**

- Malcolm
- Colin
- Kenneth

**2. Donald travelled by**

- train
- plane
- bus

**3. He**

- enjoyed it
- didn't enjoy it
- thought it was OK

**4. He stayed in a**

- hotel
- B&B
- youth hostel

**5. He stayed in**

- a busy little town
- a place called Balbeg
- a lovely little village

**6. While he was on holiday, he**

- visited a museum, a market and the beach
- went to the cinema, the shops and the beach
- went to a museum and went horse riding on the beach

**7. Donald's friend is surprised that he went**

- sailing
- swimming in the sea
- fishing

**8. Donald ate fish**

- one day
- some days
- every day

**9. He arrived home**

- today at midday
- yesterday about midnight
- yesterday about midday

**10. His friend is unhappy because**

- He didn't go on holiday
- Donald didn't send him a postcard
- Donald didn't bring him back a present



## Sùil air ais 5b Ostail-òigridh

- Èist ris an earrainn a-rithist. (Earrann 9)
- Freagair na ceistean.

Listen to the passage again. Answer these questions.

1. How did Donald travel back home?
2. What was the weather like?
3. Name at least four things Donald did on holiday.
4. How does he describe the food?
5. Donald says he stayed in a place called A' Chòrn. What is the English for this?



## Sùil air ais 6 De bha thu a' dèanamh?

- Obraich còmhla ri caraaid.
- Coimhead air na dealbhan.
- Cuir ceist ri gach dealbh.
- Cuir na ceistean air do charaid.

Work with a partner. Look at the pictures below. Think of a suitable question for each picture. Your partner must answer your questions. You can choose to make this a listen/talk exercise or a read/write exercise.

Mar eisimpleir:

1. An do chluich thu ball-coise a-raoir?

*Chluich. Bha e math. Bhuannaich sinn.*

or


*Cha do chluich. Cha toigh leam ball-coise idir.*



## Sùil air ais 7 Dèan dealbh!

- Dèan cartùn no dealbh.
- Bidh daoine a' bruidhinn ann an Gàidhlig.
- Coimhead air Faclan is Abairtean

Make your own cartoon or picture showing people speaking Gaelic. Use some of the new language you have learned in this unit.



An do ghabh thu cupa ti?



Cha do ghabh. Cha robh am pathadh orm.



Cultar

## Eilthireachd

- Eist ris an òran. (Earrann 9)
  - Seinn an t-òran còmhla.
- Listen to the song. Sing it together.



Illean, bithibh sunndach a-null air a' bhòidse,  
Fàgail ar dùthcha gun dùil ri tigh'nn beò ann  
Illean, bithibh sunndach a-null air a' bhòidse.



## Obair 1

- Obraich còmhla ris a' chlas.
- Dè am fiosrachadh a th' agad mu na Fuadaichean?

Work as a class. Discuss what you and your classmates already know about the Highland Clearances.



Obair

## Obair 2

- Leugh an earrann mu na Fuadaichean.
- Freagair na ceistean

Read the passage about why the Highlanders left Scotland. Answer the questions.

### Carson a dh'fhàg na Gàidheil Alba?

#### Why did the Highlanders leave Scotland?

After the Battle of Culloden in April 1746, life for the defeated Highlanders was extremely hard. They had lost the power to continue with their way of life, the Clan system was destroyed and many of their rights were removed by British rule. The Act of Proscription, enforced by the British government, meant that it was now illegal for Highlanders to wear tartan, play the pipes or carry weapons. Hungry, poor and with no voice to complain about the situation, many people began to desert Scotland in search of a better life. And so began a wave of emigration to the New Worlds of Canada, America, Australia and New Zealand that would continue for over 200 years. Some people were given no choice but to leave their homes, being forcibly removed from their ancestral lands by cruel landlords who burned their houses and destroyed their possessions. There were many, however, who left willingly – desperate for a brighter future.

- What was life like for the Highlanders after the battle of Culloden?
- According to the Act of Proscription, what was it now illegal for Highlanders to do?
- Who was responsible for enforcing these new laws?
- What other reasons explain the emigration of so many Highlanders?
- To which countries did the Highlanders emigrate?

## Obair 3

- Leugh an earrann mu thuras a' Hector.
- Freagair na ceistean.

Read the information about the emigrant ship *The Hector*. Answer the questions.

### Turas a' Hector



On the 1st of July 1773, the emigrant ship *The Hector* set sail for Pictou, Nova Scotia from Loch Broom, near Ullapool. She carried almost 200 Gaelic Scots. The ship's voyage had been advertised in an Edinburgh newspaper and potential passengers were promised free passage, a year's worth of provisions on arrival, as well as free land to farm.

The passengers experienced a perilous voyage in desperate conditions. The Hector was designed to carry cargo, not people, and



Obair

she was in as poor a state as the passengers she carried. Conditions on board were cramped. There was no proper sanitation and the ship was overrun with mice and rats. Food and water rations were meagre from the outset. Unfortunately, when the ship was blown two weeks off course by a huge storm near Newfoundland, supplies were practically non-existent. People were forced to eat mouldy scraps and, before long, *The Hector* became ridden with disease. By the time she limped into Pictou Harbour on the 15th of September 1773, dysentery and smallpox had claimed the lives of 18 children on board – all of whom were buried at sea.

- What deal was offered to those willing to make the journey overseas on *The Hector*?
- When did *The Hector* set sail from Loch Broom?
- Describe the conditions on board.
- How did the poor conditions affect the passengers?
- When did *The Hector* finally arrive in Pictou?
- Explain why the journey took two weeks longer than expected.

## Obair 4 Fàilte gu Alba Nuadh

- Leugh an earrann.
- Freagair na ceistean.

Read the passage about the Highlanders in Nova Scotia. Answer the questions.



The promise of provisions on arrival was never fulfilled. Those who did survive the desperate conditions on the 11-week sail arrived starving, empty-handed and ill-prepared to face the harsh Canadian winter.

Pictou was like no place the Highlanders had ever seen before. The land was a tangle of huge forests,

which they would have to clear if they were to be able to build shelter and plant crops. By the time they had managed to clear a small area of land, it was too late in the year to plant any crops and so they faced starvation in sub-zero temperatures. It is said that one man spent his first winter sheltering under an old upturned boat. But these Highlanders were tough and many of them did survive. They built huts to live in, they began to hunt moose, they fished in the bay and eventually they were able to grow some crops.

A few decades later, as a result of widespread Highland Clearances back home, more and more Scots arrived in Nova Scotia. During this time it is estimated that Scotland lost approximately half a million of its people – most of whom went overseas to the New World. Many Highlanders settled in Cape Breton Island, just off the coast of mainland Nova Scotia.

## Alba Nuadh an-diugh



Cape Breton Island remains a Gaelic stronghold to this day, the only one recognised outside Scotland. Here the culture of the Gael is strongly in evidence: place names, people, their traditions and their music. Gaelic has been spoken here now for more than 200 years and in the 1850s, it was the third most commonly spoken language in Canada after

English and French. Even today Gaelic is still the first language of a number of elderly Cape Bretoners and many children learn Gaelic in schools across the Island. There are still around 2000 Gaelic speakers living in Nova Scotia today – most of them on Cape Breton Island. Although the number of Gaelic speakers is not what it once was, the culture is as strong as ever. You will learn more about the influence of the Gaelic Scots on Cape Breton in the Cultar section of the next unit.

- a. Explain what life was like for the Highlanders when they first arrived in Nova Scotia.
- b. What did the people do that enabled them to survive?
- c. How many people are estimated to have emigrated from Scotland during the Highland Clearances?
- d. Approximately how many Gaelic speakers are living in Nova Scotia today?
- e. Where in Nova Scotia are most Gaelic speakers found?



## Obair 5

- Leugh an litir.
- Sgrìobh Uilleam MacAoidh an litir.
- Freagair na ceistean.

Read the letter written by William MacKay\* when he arrived in Nova Scotia on the Hector. Answer the questions.

\*Although Uilleam MacAoidh was a passenger on the Hector, this letter is fictional.

16 an t-Sultain 1773  
Pictou, Alba Nuadh  
Canada

Iain, a charaid,  
Ciamar a tha thu? Ràinig am bàta Alba  
Nuadh an-dè. Tha mi gu math ach uabhasach  
sgìth. Bha sinn air a' bhàta faisg air trì  
 mìosan. Abair turas fada! Cha robh biadh no  
uisge gu leòr ann agus bha mise tinn le cur  
na mara. Bha e uabhasach.

Tha Alba Nuadh brèagha ach tha i cho fuar.  
Chan eil airgead no biadh agam ach fhuair mi  
obair an-diugh. Tha an cianalas orm agus  
tha mi ag iarraidh a dhol dhachaigh a dh'Alba  
ach chan urrainn dhomh an-dràsta.

Ciamar a tha Mairead agus Iain beag?  
Sgrìobh air ais.

Dùrachdan bho do bhràthair  
Uilleam

- On what date did Uilleam write the letter?
- What does he say about the journey to Nova Scotia?
- What does he say about provisions on the boat?
- How was he feeling on board?
- How does he describe Nova Scotia?
- Do you think that Uilleam is happy in Nova Scotia? Give reasons for your answer.





## Obair 6

- Leugh an litir a-rithist.
- Bha thu fhèin agus do theaghlach air a' Hector.
- Sgrìobh litir dhachaigh ag innse mun turas.
- Dealbhaich an litir.

Read the letter again. Imagine that you and your family were on *The Hector*. Write a letter home telling about the journey. Make your final copy look old. All you need is some water, a tea bag or some coffee. Your teacher will show you how to do this.



## Faigh fios

- Obraich ann am buidheann.
- Air-loidhne, lorg liosta dhe na daoine a sheòl air a' Hector.
- Lorg Loch Bhraoin agus Pictou air mapa.
- Smaoinich air cuid de na ceistean seo:
- Dè an t-astar a tha eadar Loch Bhraoin agus Pictou?
- Carson a tha Gàidhlig fhathast ann an Alba Nuadh?

Online, try to find a passenger list of those who sailed on *The Hector*. Find Loch Broom and Pictou on a map. Approximately, how far did the ship sail? Why do you think Gaelic and Gaelic culture are still alive in Nova Scotia more than 200 years after the first Scottish settlers arrived? Discuss your opinions and ideas with your group.



## Beagan a bharrachd

- A bheil duine sam bith anns a' chlas aig a bheil càirdean ann an Canada, Ameireaga, Astràilia no Sealan Nuadh?
- An robh duine sam bith anns a' chlas riamh ann an Canada, Ameireaga, Astràilia no Sealan Nuadh?

Does anybody in your class have relatives in Canada, America, Australia or New Zealand? Has anybody in your class been to any of these countries?

Say what you did/did not do using irregular verbs

Ask if someone did something using irregular verbs

Say that you are/are not going to do something

## Dè rinn thu anns na saor-làithean?

### Cànan:

Past tense of irregular verbs

a' dol a... (+ infinitive)





## 1. An cuala tu?

- Coimhead air a' bhidio. (Earrann bhidio 1)
- Tha an tidsear a' bruidhinn ris a' chlas.
- Dè tha an tidsear ag ràdh?
- Dè tha na sgoilearan ag ràdh?

Watch the video. The teacher is speaking to the class. The teacher is asking pupils if they have done certain things. Listen to the questions and the answers.



### ceum càinain: language step

#### Past tense of irregular verbs

If a verb is irregular, it means that it doesn't follow the same patterns or rules as regular verbs. Because of this, they just have to be learned and remembered.

Don't worry! There aren't very many irregular verbs in Gaelic and you already know quite a few of them from previous units. Although irregular verbs don't follow the same patterns as regular ones, they still have some patterns that will help you to recognise them.

The verb 'to be' is irregular and you already know how to use it.

**An robh Gàidhlig agad an-diugh?** Did you have Gaelic today?

**Bha.** Yes.

**Cha robh.** No.

Have a look at the question and answers above. Can you spot anything that would show that they belong to the same verb? That's right – **robh** appears in both the question and the answer no.

With irregular verbs, the question and the no answer are similar to each other. It is the answer yes that can sometimes be quite different, and might not look anything like the verb in its other forms.

Irregular verbs are usually listed in full in all their different tenses at the back of any dictionary. This can be very useful in exams.

The easiest way to learn and remember irregular verbs is to keep practising them. A good way of learning them is to play games with them.




## 2. An do rinn thu an obair-dachaigh?

- Èist ri Maighstir Caimbeul a’ bruidhinn ris a’ chlas. (Earrann 2)
- Cò rinn an obair-dachaigh?
- Cò nach do rinn i?
- Lion an clàr.

Listen to Mr Campbell talking to the class. He is checking who has done the homework and who hasn't. Complete the table. Put a tick beside those who have completed the homework and a cross beside those who haven't.

	Ainm	An d' rinn e/i an obair-dachaigh?
a.	Joan	
b.	John	
c.	Catherine	
d.	Flora	
e.	David	
f.	Rachel	

- ✓ What excuse is given by one of the pupils for not doing the homework?
- ✓ When does Mr Campbell want the late homework handed in?



### ceum càinain: language step

**Dè rinn thu?** What did you do?

To say you have done something, you say: **Rinn mi...** followed by what you have done.

**Rinn mi tòrr rudan.** I did lots of things.

To say you have not done something, you say:

**Cha do rinn mi...** followed by whatever it is you have not done.

**Cha do rinn mi càil.** I didn't do anything.

If you want to find out if someone has done something, you ask:

**An do rinn thu/sibh...?** followed by whatever you are asking about.

Mar eisimpleir:

**An do rinn thu an obair-dachaigh?** Did you do the homework?

To answer this question, you can just use **Rinn** or **Cha do rinn** for yes and no.

The word **rinn** can mean both did and made.

Mar eisimpleir:

**Rinn mi càic.** I made a cake.

**'S math a rinn thu!** You did well!



### 3. Rinn mi cèic

- Leugh na seantansan.
- Cuir gach seantans ris an dealbh cheart.
- Sgrìobh na seantansan ann an Gàidhlig agus Beurla.

Match each picture with a sentence. Write the sentences in Gaelic and English.

Mar eisimpleir:

1 = f    **Rinn mi dinnear. Bha i blasta.** I made dinner. It was tasty.



- Rinn mi cèic ann an Eaconamas Dachaigh
- Cha do rinn mi càil an-diugh.
- Rinn mi bòrd ann an Teicneòlas.
- Rinn mi dealbh snog ann an Ealain.
- Bha an tidsear crosta. Cha do rinn mi an obair-dachaigh.
- Rinn mi dinnear. Bha i blasta.
- Cha do rinn mi math idir ann am Matamataigh an-diugh. Tha nàire orm.



## 4. Chuala mi fuaim

- Èist ris a' chòmhradh. (Earrann 3)
- Tha Seòras agus a charaidean a' campachadh.
- Freagair na ceistean.

George and his friends, Thomas and Gordon, are camping. Strange noises are heard. Listen to the boys' conversation in the tent. Answer the questions.

1. Which of his friends does George wake first?
2. Gordon asks George what kind of noise he heard. What Gaelic word does he use?  
a. bròg b. breac c. brag
3. What does Thomas tell George to do?
4. How does Gordon feel when he hears the noise?
5. Who does he want to help him?

## 5. Chuala mi an tidsear

- Leugh na seantansan.
- Dè tha na daoine ag ràdh?
- Sgrìobh ann am Beurla.

Read the sentences. Translate them into English.

1. Chuala mi an tidsear. Bha i crosta.
2. Cha chuala mi cò bhuannaich am ball-coise.
3. Chuala mi òran ùr air an rèidio.
4. Chuala mi Anna a' bruidhinn ri Màiri. Cha robh Màiri toilichte idir.
5. Cha chuala mi an CD idir. Bha mo bhràthair a' dèanamh fuaim.
6. Cha chuala mi lain a' seinn aig a' Mhòd. An robh e math?



### ceum cànan: language step

**An cuala tu sin?** Did you hear that?

To say you have heard something, you say **Chuala mi...** followed by what you have heard.

**Chuala mi fuaim** I heard a noise.

To say you have not heard something, you say:

**Cha chuala mi...** followed by whatever it is you have not heard.

**Cha chuala mi càil.** I didn't hear anything.

If you want to find out if someone has heard something you ask:

**An cuala tu/sibh...?** followed by what ever you are asking about.

Mar eisimpleir:

**An cuala tu sin?** Did you hear that?

To answer this question, you can just use **Chuala** or **Cha chuala** for yes and no.

Notice that after **chuala** you have to use **tu** (you) instead of **thu**.





## 6a. Thàinig e air a' bhus

- Èist ri Ceit. (Earrann 4)
- 'S e rùnaire a th' innte.
- Tha i ag obair aig stèisean-bhusaichean.
- An tàinig na busaichean fhathast?

Listen to Kate. She is a secretary at the bus station. She is announcing which buses have and have not arrived.



## 6b. An tàinig Crìsdean air an turas?

- Èist ri Anna agus Donna. (Earrann 5)
- Tha iad a' coiseachd dhachaigh bhon sgoil Diluain.
- Cò thàinig air an turas-sgoile Disathairne?
- Cò nach tàinig?
- Lion an clàr.

Listen to Anna and Donna. They are walking home from school on Monday. Who came on the school trip on Saturday?

	Name/Ainm	came on trip	didn't come	Comment (optional)
a.	Jennifer			
	Margaret			
b.	Donald			
	Hannah			
c.	Shona			
d.	Christopher			

Who didn't come? Complete the table and tick the correct column for each person.



## 7. Thàinig mi dhachaigh tràth

- Maids na seantansan ann an Colbh A ri seantansan ann an Colbh B.
- Sgrìobh ann an Gàidhlig agus ann am Beurla.

Match the sentences in Column A with the sentences in Column B.

Colbh A	Colbh B
1. Cha robh an cèilidh math.	Cha robh an dotair toilichte.
2. Thàinig Màiri dhan sgoil air a' bhus.	Thàinig mi dhachaigh tràth.
3. Cha tàinig Mgr Caimbeul dhan ionad-slàinte.	Thàinig e air baidhsagal.
4. Thàinig nighean ùr dhan sgoil Diluain.	Bha an tidsear crosta.
5. Cha tàinig Iain dhan sgoil air a' bhus.	Bha am bus aig an sgoil aig cairteal gu naoi.
6. Thàinig Sine gu Gàidhlig aig dà uair an-diugh.	'S e Catrìona an t-ainm a th' oirre agus tha i snog.

ceum càinain:  
language step

**An tàinig Iain dhan sgoil?** Did Iain come to school?

To say you came somewhere or to something, you say **Thàinig mi...**

**Thàinig mi dhachaigh aig ceithir uairean.** I came home at 4 o'clock.

To say you did not come somewhere or to something, you say:

**Cha tàinig mi...**

**Cha tàinig Iain dhan sgoil.** Iain didn't come to school.

If you want to find out if someone has come somewhere or to something you ask:

**An tàinig thu/sibh...?** followed by whatever you are asking about.

Mar eisimpleir:

**An tàinig thu dhachaigh tràth?** Did you come home early?

To answer this question, you can just use **Thàinig** or **Cha tàinig** for yes and no.



## 8. An tàinig thu dhan sgoil air a' bhus?

- Dèan rannsachadh anns a' chlas.
- Cò thàinig dhan sgoil air a' bhus?
- Sgrìobh am fiosrachadh ann an clàr.
- Bruidhinn ris an tidsear cuideachd.

Do a survey of your classmates. Find out if they came to school by bus. Ask your teacher too but remember to use sibh! Write the answers in a table.

Mar eisimpleir:

An tàinig thu/sibh dhan sgoil air a' bhus?		
Ainm	Thàinig	Cha tàinig
Sileas		
Dean		
Omar		



ceum cànan:  
language step

**Am faca tu mo bhaga?** Have you seen my bag?

You have already learned how to ask someone if he/she has seen something and also to say that you have or haven't seen something. You learned this in **Modal 1 Aonad 2**.

**A bheil cuimhn' agad?**

If you don't remember, look back now.





## 9a. Am faca tu mo bhaga?

- Èist ri Angela agus a caraidean. (Earrann 6)
- Bha iad aig clas Spòrs.
- Tha baga Angela air chall.
- Am faca duine e?
- Lìon an clàr.

Listen to Angela and her friends. They are getting changed after PE. Angela has lost her school bag. Has anyone seen it? Complete the table.

	Ainm/Name	has seen Angela's bag	hasn't seen Angela's bag
a.	Helen		
b.	Jane		
c.	Kate		
d.	Rebecca		
e.	Sarah		
f.	Miss Morrison		





## 9b. Chunnaic mise do bhaga

- Èist ris an earrainn a-rithist. (Earrann 6)
- Freagair na ceistean.

Listen again to the passage and answer the questions.

1. What class do Angela and Eilidh have next?
2. Angela says that her bag is "air chall". What does this mean?
3. What does her bag look like?
4. Where is her bag eventually found?
5. Helen says that Angela is "gòrach". What does this mean?
6. At the end, what does Helen say about Mr Graham?



## 10. Chunnaic mi EastEnders

- Leugh na ceistean.
- Freagair na ceistean.
- Sgrìobh na freagairtean ann an seantansan.

Read the questions. Answer the questions. Write the answers in sentences.

1. Am faca tu an tidsear Gàidhlig an-diugh?
2. Am faca tu BBC Alba Diardaoin?
3. Am faca tu an tidsear Beurla an-diugh?
4. Am faca tu film Disathairne?
5. Am faca tu EastEnders Dimàirt?
6. Am faca tu DVD a-raoir?



## 11. Am faca tu...?

- Dèan rannsachadh anns a' chlas.
- Am faca duine prògram TBh no film ùr?
- Sgrìobh am fiosrachadh ann an clàr.
- Bruidhinn ris an tidsear cuideachd.
- An uair a tha thu deiseil, dèan còmhraidh ri cuideigin a chunnaic am prògram/film.
- An do chòrd e ris/rithe?

Do a survey of your classmates. Find out if they saw a particular TV programme or film. Ask your teacher too but remember to use sibh! Write the answers in a table. When you have completed your survey, have a chat to someone who saw the programme/film you were asking about. Did he/she enjoy it? Why?

Mar eisimpleir:

Am faca tu/sibh BBC Alba?		
Ainm	Chunnaic	Chan fhaca
Karen	✓	
Asif		✗
Dòmhnall Iain	✓	





## 12. Càit a bheil iad?

- Èist ris an earrainn. (Earrann 7)
- Coimhead air na dealbhan.
- Tha daoine air saor-làithean.
- Càit a bheil iad?

a.



c.



e.




g.



Listen to the passage. Look at the pictures.  
People are on holiday. Where are they?

b.



d.



f.



h.



## Càit a bheil iad?

Alba



A' Ghearmailt



An Fhraing



An Spàinn



Astràilia



Ameireaga



Sasainn



An Eadailt





### 13. An deach sibh dhachaigh?

- Èist ris an tidsear. (Earrann 8)
- Tha an clas a’ bruidhinn air saor-làithean.
- Èist ris na ceistean.
- Èist ris na freagairtean.

Listen to the teacher. The class is talking about holidays. Listen to the questions and the answers.



### 14a. An deach sibh riamh dhan Spàinn?

- Èist ris an earrainn. (Earrann 9)
- Tha Ailean ag obair ann an ionad shaor-làithean.
- Tha e a’ bruidhinn ri boireannach.
- Chan eil am boireannach uabhasach toilichte.
- Càit an deach i?
- Lion an clàr.

Alan works in a travel agency. He is speaking to a customer who is difficult to please. Where has she been? Listen to the conversation. Complete the table.

	Àite	Chaidh (✓)	Cha deach (✗)
a.			
b.			
c.			
d.			
e.			
f.			
g.			



### 14b. An cat bochd!

- Èist ris an earrainn a-rithist. (Earrann 9)
- Freagair na ceistean.
- Sgrìobh ann am Beurla.

Listen to the conversation again. You will hear comments about each holiday destination. Which country/place was mentioned each time? Write your answers in English.

- The hotel was horrible.
- She doesn't speak the language.
- She didn't enjoy it.
- It was too warm.
- The food was horrible.
- It's too big.
  - Not too warm, nice hotel, good food, Gaelic
  - Chosen destination





Bruidhinn



Leugh



Sgrìobh

## 15. An deach thu riamh a Ghlaschu?

- Obraich còmhla ri caraid.
- Sgrìobh liosta de cheistean.
- Cuir na ceistean air do charaid.
- Càit an deach do charaid?
- An do chòrd an turas ri do charaid?

Work with a partner. Write a list of questions for your partner. Find out if your partner has been to different places. Choose whether you do this task as a writing/reading exercise or as a speaking task. If your partner says he/she visited a place, find out if he/she enjoyed it.


Mar eisimpleir:

### Ceist

- An deach thu riamh a Chanada?  
 An deach thu riamh a Dhùn Èideann?  
 An deach thu riamh a Leòdhas?  
 An deach thu riamh dhan Spàinn?  
 An deach thu riamh a dh'Uibhist?

### Freagairt

- Cha deach.  
 Cha deach.  
 Chaidh.  
 \_\_\_\_\_  
 \_\_\_\_\_



## ceum cànaìn: language step

### An deach thu riamh dhan Spàinn?

Did you ever go to Spain?

You already know how to say you went somewhere:

**Chaidh mi...**

I went...

To say you didn't go somewhere, you say:

**Cha deach mi...** followed by the place you are talking about.

**Cha deach mi dhan sgoil.**

I didn't go to school

If you want to find out if someone went somewhere you ask:

**An deach thu/sibh...?** followed by wherever you are asking about.

Mar eisimpleir:

### An deach thu dhan Spàinn?

Did you go to Spain?

To answer this question, you can just use **Chaidh** for yes or **Cha deach** for no.

You might hear some people saying **Cha deachaidh** instead of **Cha deach**. Either one is correct.



## 16. Èist Tha mi a' dol a Shruighlea

- Èist ris an earrainn. (Earrann 10)
- Càit a bheil na daoine a' dol?

Listen to the extract. Where are the people going?

- Canada
- 
- 
- 
- 
- 
- 
- 



## Sradag air saor-làithean!



Teàrlach



Ciorstaidh




Anndra



Beathag



Donnchadh



Sileas

- Tha Sradag air ais!
- Seo an dàrna iris air saor-làithean.
- Saoil dè rinn na sgoilearan?

Sradag is back. In this issue, you can find out more about the six teenagers and what they've done in the holidays.



## 17a. Tòrr chur-seachadan

- Eist ri Ciorstaidh agus Sine. (Earrann 11)
- Tha iad air saor-làithean.
- Tha bileag aca air dè tha dol.
- Dè tha iad a' dol a dhèanamh?
- Dèan liosta de na cur-seachadan.

Kirsty and Jane are on holiday. They pick up a leaflet telling them what's on. What activities are on offer at the holiday camp? Make a list of all the activities.



## 17b. Dè nì sinn a-màireach?

- Eist ri Ciorstaidh agus Sine a-rithist. (Earrann 11)
- Dè tha iad a' dol a dhèanamh gach latha?
- Lion an clàr.

What are Kirsty and Jane going to do each day? Complete the table.

Latha/Day	Cur-seachad/Activity
Monday	
Tuesday	
Wednesday	
Thursday	
Friday	

### ceum cànan: language step

**a' dol a...** going to...

If you want to say you are going to do something, you use the phrase **a' dol a...** followed by what you are going to do.

Notice what happens after **a' dol a...**

**Tha mi a' dol a chluich iomain.**

I am going to play shinty.

**Tha Seumas a' dol a sheinn.**

James is going to sing.

**Tha Anna a' dol a dh'òl uisge.**

Anne is going to drink water.

**Tha mi a' dol a ruith.**

I am going to run.

You can also use **a' dol a...** when you are talking about where you are/are not going:

**Tha Teàrlach a' dol a Chanada.**

Charles is going to Canada.

**Chan eil Donnchadh a' dol a dh'Uibhist.**

Duncan is not going to Uist.

**Tha Ciorstaidh a' dol a Shasainn.**

Kirsty is going to England.

**A bheil Niall a' dol a Leòdhas?**

Is Neil going to Lewis?





## 17c. Abair spòrs!

- Dèan postair no bileag airson a' champa.
- Sgrìobh na cur-seachadan a tha a' dol.
- Sgrìobh dè tha dol gach latha.
- Dèan dealbhan.
- Dèan air a' choimpiutair e.

Make a leaflet/poster for the holiday camp showing what activities are on offer, including which day(s) the activities are offered. Add pictures to the poster/leaflet. Do the final copy on the computer.



## 18. Tha mi a' dol a choimhead film a-nochd

- Leugh mu na daoine seo.
- Tha iad trang.
- Dè tha iad a' dol a dhèanamh?
- Cuin?
- Lìon an clàr.

Read about these people's plans.  
What are they going to do and when?  
Complete the table.

	Ainm/Name	Cur-seachad/Activity	Cuin/When?
a.			
b.			
c.			
d.			
e.			
f.			



- a. Beathag NicDhòmhnaill      b. Cailean Moireach      c. Ceitidh NicAonghais      d. Asif Khan      e. Màiri NicRath      f. Calum Moireasdan



## 19. Dè tha thu a' dol a dhèanamh?

- Obraich còmhla ri caraid no ann am buidheann.
- Feumaidh tu cairtean (cur-seachadan agus amannan).
- Gabh turas mu seach.
- Tog dà chairt.
- Inns dè tha thu a' dol a dhèanamh agus cuin.

Work with a partner or in a group. You will need some activity cards and some time cards. You can make these yourself or your teacher may have some. Take turn about. Choose an activity card and a time card. Tell your partner/group what you are going to be doing and when.



**TONIGHT**

Tha mi a' dol a choimhead ball-coise a-nochd.





## 20. Dè tha thu fhèin a' dèanamh?

- Coimhead air na dealbhan.
- Sgrìobh seantans do gach dealbh.
- Tòisich gach seantans le: **Tha mi a' dol a...**

Look at the pictures below. Make up your own sentence for each picture, saying what you are going to do and when. Start each sentence with: **Tha mi a' dol a...**

a.



b.



c.



d.



e.



f.





## 21a. Cairtean-puist

- Leugh na cairtean-puist a sgrìobh na sgoilearan.
- Tha na saor-làithean a' dol gu math.
- Maids na dealbhan ris na cairtean ceart.

The holidays are going well. Each of the teenagers has written a postcard. Look at the postcard pictures below then read each message. Match each picture to the correct card.



1.

Diciadain 4 an t-Iuchar

Hai a Sheanair,

Tha a' Bhreatann Bheag brèagha agus uabhasach blàth! Tha an turas a' còrdadh rium gu mòr! Rinn sinn tòrr. Chaidh sinn dhan tràigh an-dè. Chluich sinn ball-coise agus dh'ith sinn reòiteagan. Shnàmh mi anns a' mhuir. Bha an t-uisge fuar! Diluain, chaidh sinn gu margaidh agus cheannaich mi preasantan. Bidh sinn a' dol a Pharis a-màireach.

Chì mi anns an Lùnastal sibh.

Le gaol, Julia x



Mgr R. Caimbeul

10 Rathad  
a' Mhonaidh

Steòrnabhagh

Leòdhas

Alba


2.

Diciadain 11 an t-Iuchar

Hai a Mham,

Tha an fhèis fìor mhath. Tha caraaid ùr agam. 'S e Alasdair an t-ainm a th' air. Tha e uabhasach math air a' bhogsa - nas fheàrr na mise! Dh'ionnsaich mi beagan air a' ghìotàr agus sheinn mi òran Gàidhlig an-dè. Chan eil mi math air seinn, ach tha mi coma. Bidh cèilidh ann Dihaoine anns an sgoil ann an Lionacleit. Tha mi fhèin agus Alasdair a' dol a chluich a' bhogsa. Chan eil mi a' dol a sheinn! Tha seanair agus seanmhair gu math. Chì mi Disathairne sibh.

Donnchadh



S. Nic-a-phi

Mo Dhachaigh

Ùige

An t-Eilean  
Sgitheanach

3.

Diardaoin 5 an Giblean

Hai Dad,

Tha Dùn Èideann sgoinneil! Rinn sinn tòrr. Chaidh sinn dhan sù Là na Sàbaid. Chunnaic sinn tòrr rudan. Chòrd e rium gu mòr. Bha na muncaidhean cho èibhinn! Chaidh sinn dhan Chaisteal an-dè agus bha e inntinneach. Tha e nas motha na an caisteal ann am Barraigh. Bha margaidh ann am meadhan a' bhaile an-diugh agus cheannaich mi preasantan. Chaidh Seumas air chall agus bha A' Bh-uas Nic Leòid crosta! Tha sinn a' dol a shnàmh a-nochd agus a' dol dhan Phàrlamaid a-màireach.

Chi mi Diluain sibh.

Anndra



Mgr. G. Mac Néill

5 Rathad  
a' Chidhe

Bàgh a' Chaisteil

Barraigh


4.

Diardaoin 28 an Gearran

Hai Iain,

Dè tha dol? Tha mise a' sgitheadh ann an Alba Nuadh, Canada còmhla ri m' athair agus mo mhàthair. Tha i fuar ach brèagha. Tha sinn a' fuireach ann an taigh-òsta agus tha amar-snàmh ann. Tha mi a' sgitheadh a h-uile latha agus tha mi nas fheàrr air a-nis. Bha mi a' spèileadh an-dè. Bha e doirbh. Chan urrainn dhomh spèileadh. Thuit mi agus tha mo chas goirt a-nis. A-màireach tha sinn a' dol a dh'Inbhir Nis ann an Ceap Breatann. Ciamar a bha na Hearadh? An do chòrd e riut? Dè rinn thu? Tha mi a' dol a shnàmh a-nis. Chi mi anns an sgoil thu. Tioraidh!

Teàrlach



Iain Fearghasdan

213 Sràid  
a' Bhanca

Obar Pheallaidh

Alba

5.

Diciadain 4 an Giblean

Hai a Mham,

Tha Center Parks fìor mhath! Bha sinn a' marcachd an-diugh. Chòrd e rium gu mòr. 'S e Barney an t-ainm a bh' air an each. Bha e mòr agus donn agus uabhasach laghach. Is toigh leis ùbhlán. Tha mi ag iarraidh each a-nis. A-màireach, tha sinn a' dol a sheòladh agus Dihaoine tha sinn a' dol a shnàmh. Abair spòrs! Chluich sinn teanas an-dè agus chaidh sinn dhan bhaile air baidhsagal Diluain. Bidh dìosgo ann Dihaoine agus tha mi a' dol a chur orm mo sgiorta dhearg.

Chi mi Disathairne sibh.

Le gaol, Ciorstaidh



C. Nic Dhòmhnaill

51 Rathad na  
Sgoile

An Gearasdan

Alba



## 21b. Chì mi Disathairne sibh

- Obraich còmhla ri caraid.
- Tagh dà chairt-puist.
- Bruidhinn mu na cairtean.
- Bruidhinn ri caraid eile.
- Inns dhaibh mu na cairtean a leugh sibh.
- Èist riutha a' bruidhinn air na cairtean acasan.
- Cuiridh an tidsear ceistean air a' chlas.

Choose two of the postcards and read them aloud with your partner. Discuss what is written and make sure you understand the main points of both cards. Now pair up with another group who read different cards. Share your information with them. Your teacher will ask the class questions about what you have found out.



## 21c. A' sgrìobhadh dhachaigh

- Tha thu air falbh air saor-làithean.
- Sgrìobh cairt-puist gu cuideigin.
- Inns mu na rudan gu h-ìseal.

You are on holiday. Write a postcard home. Mention the points below.

- ◆ Càit a bheil thu a' fuireach?
- ◆ Cò ris a tha an t-àite coltach?
- ◆ Dè rinn thu?
- ◆ Dè chunnaic thu?
- ◆ Dè tha thu a' dol a dhèanamh?
- ◆ Cùin a bhios tu dhachaigh?



## 22. Leabhar-latha 2

- Tha na saor-làithean gu bhith deiseil.
- Tha na sgoilearan a' sgrìobhadh ann an leabhar-latha.
- Tagh dithis sgoilearan.
- Leugh na sgrìobh iad.
- Freagair na ceistean.

The holidays are almost over. The pupils are writing their final diary entries. Choose two of the entries. Read what they wrote and answer the questions.

1.

Dihaoine 6 an Giblean


Abair latha! Chaidh mi-fhin agus Sine dhan dìosgo a-nochd. Bha e sgoinneil! Chuir mi orm mo sgiorta dhearg, lèine-T dhubh agus mo sheacaid dhubh. Bha an dìosgo uabhasach trang agus chluich iad ceòl math. Dhannas mi còmhla ri gille à Sasainn. 'S e Rhys an t-ainm a th' air agus the e uabhasach snog. Tha e àrd agus caol, tha falt donn air agus tha sùilean brèagha uaine aige.

An-diugh sa mhadainn chaidh sinn a-mach ann an canù. Abair spòrs! Bha an t-uisge fuar ach chòrd e rium.

Tha e meadhan-oidhche a-nis. Tha mi a' dol dhan leabaidh. Tha mi uabhasach sgith. A-màireach, bidh sinn ag èirigh tràth agus a' falbh dhachaigh. Bha na saor-làithean sgoinneil.

Oidhche mhath!

Ciorstaidh xxx



## Leabhar-latha 1

1. What did Kirsty wear to the disco?
2. What does she say about the disco?
3. What does she say about Rhys?
4. What did they do this morning?
5. What does she say about it?
6. What time is it?
7. What is happening tomorrow?

2.

Dihaoine 13 an t-Iuchar

Bha an consairt ann a-nochd aig leth-uair an dèidh seachd ann an Sgoil Lionacleit agus bha e math dha-rìribh. Rinn mo sheanmhair dinnear aig sia uairean ach cha do dh'ith mi mòran idir. Cha robh an t-acras orm oir bha an t-eagal orm mun chonsairt. Chluich mi fhin agus Alasdair am bogsa. Chluich mi giotàr agus drummaichean agus sheinn sinn òran Gàidhlig cuideachd. An dèidh a' chonsairt, bha ti, cofaidh agus cèicean ann an-asgaidh. Chòrd an consairt ri mo sheanair agus mo sheanmhair gu mòr. A-màireach, bidh mi a' dol dhachaigh air a' bhàt'-aiseig dhan Eilean Sgitheanach. Chòrd an fhèis rium glè mhath. Bha seachdain fìor mhath agam.

Oidhche mhath

Donnchadh

## Leabhar-latha 2

1. At what time did the concert start?
2. What does Duncan say about dinner?
3. Name the three instruments he played.
4. What else did he do?
5. What was available after the concert?
6. Who does he say enjoyed the concert?
7. How will he get home to Skye?
8. How long was he away?

3.

Diardaoin 14 an Lùnastal

An-dè, dh'fhalbh mi a Mhuile còmhla ri mo charaidean Lionsaidh, Màiri agus Ceitidh. Chaidh sinn ann air a' bhàt'-aiseig. Bha latha brèagha ann agus dh'fhalbh sinn air baidhsagalan dhan tràigh. Dh'ith sinn ceapairean agus cèic air an tràigh. Shnàmh Ceitidh agus Màiri anns a' mhuir. Cha do shnàmh mise no Lionsaidh - bha an t-uisge ro fhuar. Ràinig sinn An t-Òban aig sia uairean feasgar. Chòrd Muile rium gu mòr.

Bha mi ag obair anns a' chafaidh an-diugh agus bha e uabhasach trang. Bidh mi a' dol air ais dhan sgoil Diluain ach bidh mi ag obair anns a' chafaidh a h-uile Disathairne an uair sin. Chòrd an obair rium. Tha caraidean ùra agam a-nis agus rinn mi dà cheud not.

Oidhche mhath, Beathag x

### Leabhar-latha 3

- |                                 |                                       |
|---------------------------------|---------------------------------------|
| 1. When did Rebecca go to Mull? | 5. What did Katie and Mary do?        |
| 2. What was the weather like?   | 6. When did they arrive back in Oban? |
| 3. What did they do first?      | 7. What will Rebecca do on Monday?    |
| 4. What did they have to eat?   | 8. How much did she make at work?     |

4.

Dihaoine 6 an Giblean

An-diugh, chaidh sinn gu Pàrlamaid na h-Alba anns a' mhadainn. Fhuair sinn a-steach an-asgaidh. Dh'fhosgail a' Phàrlamaid ann an 2004 agus chosg i torr airgid! Tha i uabhasach mòr agus spaideil. Fhuair sinn peann, peansail, rubair agus leabhar an-asgaidh. Feasgar, chaidh sinn dha na bùthan air Sràid a' Phrionnsa. Bha iad uabhasach trang. Cheannaich mi ad agus suiteis. A-nochd, chaidh sinn gu taigh-bidh uabhasach math. Ghabh mi macaronaidh càise agus reòiteag agus dh'òl mi sùgh orainseir. Tha sinn a' dol dhachaigh a-màireach air a' bhus. Is toigh leam Dùn Èideann. 'S e baile brèagha a th' ann agus bha seachdain glè mhath agam ann. Chòrd e rium gu mòr. Tioraidh!

Anndra

### Leabhar-latha 4

- |  |   |
|--|---|
| 1. What did they do in the morning?              | 5. What did Andrew buy in the shops?    |
| 2. How much did it cost?                         | 6. What did he order in the restaurant? |
| 3. What is said about the building they visited? | 7. What does he say about tomorrow?     |
| 4. What gifts did they get?                      |   |





## 23. Saor-làithean a chòrd rium

- Obraich ann am buidheann no còmhla ris a' chlas.
- Tha thu a' dol a bhruidhinn air saor-làithean a chòrd riut.
- Inns dè rinn thu.
- Coimhead air an liosta.
- A bheil dealbhan no rudan eile agad?
- Freagair na ceistean a th' aig daoine.

You are going to talk about a holiday you enjoyed. You may speak to your group, your teacher or the whole class. Show some photographs or some souvenirs to help you with your talk. Answer any questions asked. You may want to use some of these questions below as a guide to preparing your talk.

- ◆ Càit an deach thu air saor-làithean?
- ◆ Cuin a bha thu ann?
- ◆ Cò bha còmhla riut?
- ◆ An do dh'fhalbh thu air plèan/bus/trèan/bàt'-aiseig?
- ◆ An do dh'fhuirich thu ann an taigh-òsta/ostail-òigridh/teanta/loids?
- ◆ Cò ris a bha e coltach?
- ◆ Dè rinn thu?
- ◆ Dè chunnaic thu?
- ◆ Dè dh'ith thu?
- ◆ An do sgrìobh thu cairtean-puist?
- ◆ An do cheannaich thu preasantan?
- ◆ An do chòrd e riut?
- ◆ Carson?



### Faclan feumail

Dh'fhalbh mi air saor-làithean a/dhan...

anns an Iuchar

còmhla ri mo theaghlach

Dh'fhalbh sinn air bàt'-aiseig.

Ghabh sinn plèan.

Dh'fhuirich sinn ann an...

Chaidh mi...

an tràigh

margaidh

taigh-tasgaidh

Shnàmh mi anns a' mhuir.

Chunnaic mi...

Dh'ith mi...

reòiteag

Sgrìobh mi cairt-puist gu...

Cheannaich mi...

Chòrd e rium gu mòr.

Cha do chòrd e rium idir.

I went away on holiday to...

in July

with my family

We went on the ferry.

We took a plane.

We stayed in...

I went...

the beach

a market

a museum

I swam in the sea.

I saw...

I ate...

ice-cream

I wrote a postcard to...

I bought...

I really enjoyed it.

I didn't enjoy it at all.

Tha thu deiseil de Mhodal 3 Aonad 2

## 'S math a rinn thu!

- An urrainn dhut na leanas a dhèanamh?
- Obraich còmhla ri caraid.
- Dèan measadh air a chèile.

Check that you can do the following. Test yourself with a partner.



'S urrainn dhomh / I can:

Say that I did/did not do something

Ask if someone did something

Say that I am going/not going to do something

## Faclan is Abairtean

Dè rinn thu?  
 An cuala tu...?  
 An deach thu...?  
 An deach thu riamh dhan Spàinn?  
 An do dhùisg thu?  
 An do dh'èirich thu?  
 An do dh'ionnsaich thu...?  
 An do ràinig thu?  
 An do rinn thu...?  
 An do rinn thu an obair-dachaigh?  
 An do rinn thu càil?  
 An tàinig...?  
 Cha chuala mi...  
 Cha deach mi...  
 Cha deachaidh mi...  
 Cha do chòrd am biadh rium.  
 Cha do dh'èirich mi.  
 Cha do dh'ionnsaich mi...  
 Cha do dhanns mi (còmhla ri)...  
 Cha do dhùisg mi.  
 Cha do ràinig mi.  
 Cha do rinn mi...  
 Cha do rinn mi mòran.  
 Cha tàinig...  
 Cha tuirt...  
 Chòrd e ri mo sheanair.  
 Chosg e...  
 Chuala mi...  
 Dè chuala tu?  
 Dè rinn thu?  
 Dh'èirich mi...  
 Dh'ionnsaich mi an giotàr.  
 Dhanns mi (còmhla ri)...  
 Dhùisg mi...  
 dh'fhaighnich...  
 fhreagair...  
 Gabh air do shocair!  
 Rinn mi...  
 thàinig...  
 thuir...

### Dè tha thu a' dol a dhèanamh?

a' dol a bhruidhinn (ri)...  
 a' dol a chluich  
 a' dol a choimhead

What did you do?  
 Did you hear...?  
 Did you go...?  
 Have you ever been to Spain?  
 Did you wake up?  
 Did you get up?  
 Did you learn...?  
 Did you arrive?  
 Did you do/make...?  
 Did you do the homework?  
 Did you do anything?  
 Did ... come?  
 I didn't hear...  
 I didn't go...  
 I didn't go...  
 I didn't enjoy the food.  
 I didn't get up.  
 I didn't learn...  
 I didn't dance (with)...  
 I didn't wake up.  
 I didn't arrive.  
 I didn't do/make...  
 I didn't do much.  
 ...didn't come  
 ...didn't say  
 My grandad enjoyed it.  
 It cost...  
 I heard...  
 What did you hear?  
 What did you do?  
 I got up...  
 I learned the guitar.  
 I danced (with)...  
 I woke up...  
 asked...  
 answered...  
 Take your time/take it easy!  
 I made/did...  
 ...came  
 ...said

### What are you going to do?

going to talk (to)...  
 going to play  
 going to watch

a' dol a dh'fhalbh  
 a' dol a dh'òl  
 a' dol a ruith  
 a' dol a sheinn  
 a' dol a shnàmh  
 Tha mi a' dol a chur orm...

## Eile

A' Bh-uas Mhoireasdan  
 à Glaschu  
 a Leòdhas  
 a Pharis  
 Abair spòrs!  
 ambaileans, an ambaileans (f)  
 an-asgaidh  
 aodach spaideil  
 a' briseadh  
 bòrd, am bòrd (m)  
 brag, a' bhrag (f)  
 cairt-puist, a' chairt-puist (f), cairtean-puist  
 caisteal, an caisteal (m)  
 canù, an canù (m)  
 caraidean ùra  
 còmhla riut  
 Dùisg!  
 fuaim, am fuaim (m), fuaimean  
  
 mo dhachaigh  
 muncaidh, am muncaidh (m), muncaidhean  
 Pàrlamaid, a' Phàrlamaid (f)  
 Pàrlamaid na h-Alba  
 Rathad a' Chidhe  
 Rathad a' Mhonaidh  
 riamh  
 Sràid a' Bhanca  
 Sràid a' Phrionnsa  
 stèisean-bhusaichean,  
 an stèisean-bhusaichean (m)  
 taigh-tasgaidh, an taigh-tasgaidh (m)  
 Tha mi coma.  
 Tha sneachda ann.  
 tòrr  
 tòrr chur-seachadan  
 tòrr rudan

going to go (away)  
 going to drink  
 going to run  
 going to sing  
 going to swim  
 I am going to put on/wear...

## Other

Miss Morrison  
 from Glasgow  
 to Lewis  
 to Paris  
 What fun!  
 ambulance, the ambulance  
 free of charge  
 smart clothes  
 breaking  
 a table, the table  
 a bang, the bang  
 a postcard, the postcard, postcards  
 a castle, the castle  
 a canoe, the canoe  
 new friends  
 with you  
 Wake up!  
 a noise/sound, the noise/sound, noises/  
 sounds  
 my home  
 a monkey, the monkey, monkeys  
 Parliament, the Parliament  
 The Scottish Parliament  
 Pier Road  
 Hill Road  
 ever  
 Bank Street  
 Princes Street  
  
 bus-station, the bus-station  
 museum, the museum  
 I don't care/I don't mind.  
 It's snowing.  
 lots  
 lots of activities  
 lots of things




## Sùil air ais 1 Òran math

- Leugh na seantansan.
- Lion na beàrnan.
- Sgrìobh na seantansan ann an Gàidhlig agus Beurla.

Read the sentences below. Each one has a verb missing. Copy the sentences and fill in the missing words. Translate each sentence into English.

1. \_\_\_\_\_ mi òran math air an rèidio.
2. \_\_\_\_\_ mi dhachaigh tràth.
3. \_\_\_\_\_ mi mo charaid anns a' chafaidh.
4. \_\_\_\_\_ mi dhan Fhraing air a' bhus.
5. \_\_\_\_\_ mi cèic ann an Eaconamas Dachaigh.



## Sùil air ais 2 Cha chuala mi càil

- Maids aon phios de sheantans ri pios eile.
- Sgrìobh na seantansan ann an Gàidhlig agus Beurla.

Match one part of each sentence to another. Write the full sentence in Gaelic and English.

obair ann an Gàidhlig.

Cha deach Beathag

fuaim.

Cha do rinn Seònaid

Iain anns an sgoil an-diugh.

Chan fhaca Anndra

Cha chuala Peigi

dhan phartaidh. Bha e ag obair.

a Bharraigh air saor-làithean.

Cha tàinig Cailean



### Sùil air ais 3 Am faca tu Eilidh?

- Leugh na ceistean.
- Freagair gach ceist.

Answer each of these questions with yes or no.

1. Am faca tu film math anns an taigh-dhealbh?  
Answer No: \_\_\_\_\_
2. An deach thu riamh a Leòdhas?  
Answer No: \_\_\_\_\_
3. An do rinn thu càil Disathairne?  
Answer Yes: \_\_\_\_\_
4. An tàinig Ruairidh dhan dìosgo?  
Answer Yes: \_\_\_\_\_
5. An cuala tu Fionnlagh a' seinn?  
Answer No: \_\_\_\_\_

### Sùil air ais 4 A bheil thu a' dol a chluich teanas?

- Coimhead air na bogsaichean.
- Tagh facal bho gach bogsa airson seantans slàn a dhèanamh.
- Sgrìobh na seantansan ann an Gàidhlig agus Beurla.

Choose words from each of the different coloured boxes to make a sentence. There may be more than one choice from each box. Write your chosen sentences in Gaelic and English. You should be able to make six sentences.

Mar eisimpleir:

**Tha Catrìona**  
Catherine

**a' dol a bhruidhinn**  
is going to talk

**ri Daibhidh.**  
to David

Tha Cailean...  
Chan eil Ruairidh...  
Tha Peigi...  
A bheil Mòrag...?  
Chan eil Eilidh...  
A bheil Seòras...?

a' dol a chluich  
a' dol a ruith  
a' dol a sheinn  
a' dol a bhruidhinn  
a' dol a dh'òl  
a' dol a shnàmh  
a' dol a dh'fhalbh  
a' dol a choimhead

uisge.  
ann an Gàidhlig.  
air saor-làithean.  
anns a' mhuir.  
ri lain.  
air a' mheur-chlàr.  
teanas.  
aig a' chonsairt.  
a Ghlaschu.  
dhachaigh.  
air a' chlàrsaich.  
prògram math.



## Ceap Breatann an-diugh



Tha cultar agus cànan gu math **cudromach** dha na Gàidheil ann an Ceap Breatann. Ma thèid thu a Cheap Breatann, chì thu **buaidh nan Albannach** ann an ceòl, dannsa, òrain, creideamh, **cleachdaidhean** agus cuideachd anns na h-ainmean àite **air feadh** an eilein.

An dèidh **còrr is dà cheud bliadhna**, bidh daoine **fhathast** a’ bruidhinn na Gàidhlig agus a’ dol gu cèilidhean agus dannsaichean. ‘S e **Canèidianaich** a th’ anna ach ‘s e Albannaich th’ anna cuideachd.

<b>cudromach</b>	important
<b>buaidh nan Albannach</b>	Scottish influence
<b>cleachdaidhean</b>	traditions/customs
<b>air feadh</b>	all over
<b>còrr is...</b>	more than...
<b>dà cheud bliadhna</b>	200 years
<b>fhathast</b>	still
<b>Canèidianaich</b>	Canadians

## Cànan



An-diugh, tha Gàidhlig aig còrr is **ochd ceud duine** ann an Ceap Breatann. Bidh clann **ag ionnsachadh** Gàidhlig anns an sgoil agus aig fèisean.

Tha colaiste Ghàidhlig ann an Ceap Breatann. ‘S e *The Gaelic College of Celtic Arts and Crafts* an t-ainm a th’ oirre. **Thòisich** A.W.R. MacCoinnich a’ cholaiste ann an 1938. ‘S e ministear a

bh’ ann. Thòisich e a’ cholaiste ann an taigh beag ann an St Ann’s. A-nis, bidh daoine a’ dol dhan cholaiste bho air **feadh an t-saoghail**. Is urrainn dhut Gàidhlig, ionnsramaidean **traidiseanta**, òrain Ghàidhlig, dannsa Gàidhealach, dannsa ceum agus **tòrr rudan eile** ionnsachadh.

<b>ochd ceud duine</b>	800 people
<b>ag ionnsachadh</b>	learning
<b>thòisich</b>	started
<b>air feadh an t-saoghail</b>	all over the world
<b>traidiseanta</b>	traditional
<b>tòrr rudan eile</b>	lots of other things

## Ceòl

Ann an Ceap Breatann, tha an fhidheall agus a’ phiob **cumanta**. Bidh cèilidhean agus consairtean ann gu tric anns na bailtean beaga – **gu h-àraidh** ann an **sgìre** Inbhir Nis.

<b>cumanta</b>	common/popular
<b>gu h-àraidh</b>	especially
<b>sgìre</b>	area



## Dannsa

Chan eil dannsa Gàidhealach no dannsaichean cèilidh cumanta ann an Ceap Breatann. Bidh **tòrr dhaoine (nigheanan agus balaich)** ag ionnsachadh dannsa ceum. Tha dannsa ceum coltach ri dannsa **Èireannach** agus dannsa tap. Aig dannsaichean agus cèilidhean bidh daoine a' dèanamh dannsa ann an **ceàrnag** cuideachd.



<b>tòrr dhaoine</b>	lots of people
<b>nigheanan agus balaich</b>	girls and boys
<b>Èireannach</b>	Irish
<b>ceàrnag</b>	square

## Seinn



Tha **òrain luaidh** cumanta ann an Ceap Breatann. Bidh nigheanan agus balaich a' suidhe aig **bòrd** agus a' seinn **còmhla** agus ag obair air **pios clò**.

Tha Màiri Sine NicLaomainn a' fuireach ann an Ceap Breatann. 'S e seinneadair Gàidhlig a th' innte. Tha i **ainmeil** air feadh an t-saoghail.

<b>òrain luaidh</b>	waulking songs
<b>bòrd</b>	table
<b>còmhla</b>	together
<b>pios clò</b>	piece of tweed
<b>ainmeil</b>	famous

## Fèisean

A h-uile **bliadhna** anns an Dàmhair bidh fèis mhòr ann an Ceap Breatann.

'S e *Celtic Colours* an t-ainm a th' air an fhèis. Bidh cluicheadairean agus seinneadairean ainmeil à Canada, Èirinn agus Alba a' cluich aig an fhèis.

<b>bliadhna</b>	year
-----------------	------



## Àinmean àite

Thug na Gàidheil àinmean air **na bailtean, na lochan, na beanntan** agus **na h-aibhnichean** nuair a ràinig iad Ceap Breatann. 'S e ainmean Albannach a thug iad orra. Tha tòrr ann. Seo **feadhainn dhiubh**:

- Aberdeen
- Dundee
- Barra Strait
- Skye Glen
- Mull River
- Glencoe
- Lake Uist
- MacIntyre Mountain

<b>na bailtean</b>	the towns
<b>na lochan</b>	the lochs
<b>na beanntan</b>	the mountains
<b>na h-aibhnichean</b>	the rivers
<b>feadhainn dhiubh</b>	some of them





## Obair 1

### Ceap Breatann an-diugh

- Sgrìobh an earrann.
- Lìon na beàrnan.

Copy the passage. Fill in the blanks.

If you go to Cape Breton, it is easy to see the influence the Scottish people have had on the island. This can be seen in the music, \_\_\_\_\_, \_\_\_\_\_, religion, \_\_\_\_\_ and also in the place names all over the island.

After more than \_\_\_\_\_ years, people in Cape Breton still \_\_\_\_\_ Gaelic and go to \_\_\_\_\_ and \_\_\_\_\_. The people see themselves as Canadians but as \_\_\_\_\_ too. (8)

### Cànan

- How many Gaelic speakers are estimated to be in Cape Breton? (2)
- Where do some young people learn Gaelic? (2)
- Who founded Cape Breton's Gaelic college? (1)
- What was this man's profession? (1)
- Where was the college originally set up? (2)
- Name at least three things you can learn at the college. (3)

### Ceòl

- Which two instruments are most common in Cape Breton? (2)
- In which area of the island are most of the cèilidhs and concerts held? (1)

### Dannsa

- What is said about both Highland dancing and cèilidh dancing in Cape Breton? (2)
- Who learns step dancing? (2)
- Step dancing is similar to which two other types of dancing? (2)
- What other dance do people do at cèilidhs and dances? (1)

### Òrain

- What are **òrain luaidh**? (1)
- Explain what happens during **òrain luaidh**. (6)
- Who is Mary Jane Lamond? (3)

### Fèisean

- In which month is *Celtic Colours* held? (1)
- How often is it held? (2)
- From which countries do most of the performers come? (2)

### Ainmean àite

- Sgrìobh na seantansan.
- Lìon na beàrnan.

Copy the sentences. Fill in the blanks.

When the Gaels first arrived in Cape Breton, they named the \_\_\_\_\_, lochs, \_\_\_\_\_ and \_\_\_\_\_ after place names at home. For example: \_\_\_\_\_, \_\_\_\_\_ and \_\_\_\_\_. (6)

**Air fad (50)**

## Modal 3 Aonad 1 agus 2

### 'S urrainn dhomh/I can

Use regular and irregular verbs to:

Say that I did something

shuidh mi sìos, ghabh mi piotsa,  
dh'èist mi ri ceòl, leugh mi leabhar,  
rinn mi cèic, chunnaic mi film, ràinig  
am bus, chuala mi fuaim, thàinig mi  
dhachaigh, chaidh mi dhan  
bhùth, chaidh mi a Ghlaschu

Say that I didn't do something

cha do shuidh mi sìos, cha do ghabh  
mi piotsa, cha do dh'èist mi ri ceòl, cha  
do leugh mi leabhar, cha do rinn mi  
cèic, chan fhaca mi film, cha do ràinig  
am bus, cha chuala mi fuaim, cha  
tàinig mi dhachaigh, cha deach mi  
dhan Spàinn

Ask if someone did something

An do shuidh thu sìos? An do ghabh  
thu piotsa? An do dh'èist thu ri ceòl? An  
do leugh thu leabhar? An do rinn thu  
cèic? Am faca tu film? An do ràinig am  
bus? An cuala tu fuaim? An tàinig thu  
dhachaigh? An deach thu dhan sgoil?

Say that I am/am not going somewhere

Tha mi a' dol dhan Fhraing, Chan eil mi  
a' dol a Chanada, Tha mi a' dol a  
Leòdhas

Say that I am/am not going to do something

Tha mi a' dol a shnàmh, tha mi a' dol a  
ruith, tha mi a' dol a bhruidhinn ri mo  
charaid, chan eil mi a' dol a chluich  
iomain

Say what you did/did not enjoy

Chòrd an gèam rium, cha do chòrd am  
prògram rium

### I have learned

a little about the voyage of The Hector

Emigrant ship with 200 Gaelic Scots  
on board. Left Ullapool in 1773, many  
died on journey.

a little about emigration to Nova Scotia

Conditions were very poor in Scotland,  
people left in search of a better life. To  
begin with it was very difficult for the  
people to adapt to their new land.

a little about Cape Breton Island today

Gaelic influences on culture, language,  
music, dance, place names...

how to form regular verbs in the past tense

Shuidh mi, dh'òl mi, dh'fhuirich mi,  
leugh mi...

to recognise and use some irregular verbs in the  
past tense

An deach thu dhan Spàinn?  
Chaidh/cha deach.

to recognise and use two different words for 'to'

dhan Spàinn, a Bharraigh

ceum a bharrachd



Sgrìobh



Leugh

## Ceum a bharrachd 1

## Cuir seo ceart

- Tha thu ag obair air an iris Sradag.
- Tha Julia agus Teàrlach a' sgrìobhadh leabhar-latha.
- Bha cabhag orra.
- Tha faclan Beurla agus mearachdan eile anns na leabhraichean-latha.
- Tagh aon leabhar-latha.
- Cuir ceart e.
- Sgrìobh a-rithist e.

You are working at the magazine Sradag. Julia and Charlie have submitted diary articles but they were written in a hurry and need to be edited. Choose one of the diaries and correct the mistakes. The mistakes are in brackets. Rewrite the passages. When you have finished, pair up with someone else who edited the same piece. Compare your work and make any final changes.

## Sradag air saor-làithean!

### Diardaoin

An-dè fhuair sinn bus  
a Pharis. Ràinig sinn  
aig (10 am). Ghabh sinn  
(bracist) ann an cafaidh  
- (bread, ham, cheese)  
agus (hot chocolate).



Aig aon uair deug, (chidh) sinn dhan Eiffel Tower.  
Tha e (really) mòr.

Feasgar, chaidh sinn gu (museum) Louvre.  
Chunnaic mi an dealbh Mona Lisa. Bha e  
(inteaneach). Chòrd Paris (mi) gu mòr.

A-nochd tha sinn air a' (ferry) a Shasainn agus  
bidh sinn (dhacaidh) mu chòig uairean feasgar  
(tomorrow).

Tha mi a' dol dhan (leapidh) a-nis agus tha mi  
a' dol a leughadh leabhar.

Bha (holidays) sgoinneil agam anns  
a' Bhreatainn Bhig.

Oidhche (math), Julia x

# Sradag air saor-làithean!

(Friday)

Anns a' (mhatain), chaidh sinn gu (museum) Giant MacAskill. Chòrd an taigh-tasgaidh rium. Bha e inntinneach. An uair sin, chaidh sinn a dh' (Inverness).

Ràinig sinn aig (mid-day) agus ghabh sinn biadh ann an (café). Ghabh mise (soup) agus ceapaire. Chaidh sinn do na (shops) feasgar agus cheannaich mi preasant dha mo (grandad).

(Tonight), bha cèilidh ann an Inbhir Nis agus bha e glè (math). Bha an ceòl math agus dhannas (me). Bhruidhinn mi (Gaelic) cuideachd!

Bidh sinn a' dol (dacaoidh) a-màireach. Tha am plèan a' fàgail aig (one) feasgar agus bidh sinn ann an Glaschu (about) chòig uairean. Chòrd na saor-làithean (mi). Tha Canada fìor (good)!



Teàrlach



## Ceum a bharrachd 2a

## Coinneach agus an gunna

- Leugh an sgeulachd.
- Freagair na ceistean.

Read the story and answer the questions.

Chaidh Coinneach gu danrsa anns an talla Disathairne. Chunnaic e nighean bhrèagha ann agus bhruidhinn e rithe. Bha i uabhasach laghach. Bha i beag agus caol le falt fada bàn agus sùilean uaine. Bha briogais ghorm oirre, seacaid dhubh agus brògan àrda cuideachd.

“Dè an t-ainm a th’ ort?” dh’fhaighnich Coinneach.

“Is mise Sìne,” fhreagair i.

An dèidh an danrsa, bha Coinneach agus Sìne a’ coiseachd dhachaigh còmhla. Bha e mu mheadhan-oidhche agus bha am baile uabhasach sàmhach.

Choimhead Coinneach air Sìne. “A bheil thu ag iarraidh a dhol dhan taigh-dhealbh Dihaoine?” dh’fhaighnich e.

Bha Sìne a’ coimhead gu math toilichte. “Ò tha, tapadh leat,” thuirt i.

Chuala Coinneach fuaim – brag mhòr agus an uair sin uinneag a’ briseadh.



Bha an t-eagal air Coinneach. "Dè bha siud? An cuala tu siud?" dh'fhaighnich e.

Cha robh an t-eagal air Sine idir. "Chan eil fhios agam. Cha chuala mi càil," thuir i.

Cha robh Coinneach toilichte. Chuir e a làmh air gàirdean Sine. "Fuirich an seo, a Shine, agus bi sàmhach!" thuir e agus dh'fhalbh e.

Air Sràid a' Chaisteil, chuala e duine ag ràdh, "Greas ort, lain! Greas ort!" Ruith e sìos an rathad agus chunnaic e duine a' leum a-mach air uinneag. Bha coimpiutair aige. Choimhead Coinneach air an duine. Bha gunna aige. Stad an duine agus choimhead e air Coinneach.

"Dè tha thu a' dèanamh? Tha mi a' dol a dh'fhònadh chun a' phòilis. Stad!" thuir Coinneach.

Choimhead an duine eile air Coinneach. "Cha stad," thuir e.

An uair sin, chuala Sine brag mhòr. Stad i. "An e gunna a bha siud? Obh obh!" Bha an t-eagal oirre a-nise.

Ruith i sìos an rathad. Chunnaic i duine a' leum a-steach gu càr agus an uair sin chunnaic i Coinneach. Cha robh e gu math. Bha a stamag goirt.

Choimhead Catriona air agus thuir i, "A Choinnich! A Choinnich! Dè tha ceàrr? Obh obh – gunna!"

Shuidh Catriona air an rathad agus bhruidhinn i air a' fòn. "Hallò? Tha mi ag iarraidh ambaileans! Sràid a' Chaisteil ... greasaibh oirbh! A Choinnich, gabh air do shocair. Tha an ambaileans a' tighinn."

**dh'fhaighnich...**

asked...

**fhreagair...**

answered...

**thuir**

said

**a' leum**

jumping

**a' briseadh**

breaking

**ambaileans**

ambulance

## Ceistean

1. What did Kenneth do on Saturday?
2. Describe the girl he met there.
3. What time did they leave the dance?
4. What did Kenneth ask Jane?
5. How did Jane reply?
6. What did Kenneth hear?
7. How was Kenneth feeling when he heard the noises?
8. What did he do before he left Jane on her own?
9. What did he see when he ran down the road?
10. When do you first discover the man was armed? Copy the sentence from the text.
11. When did Jane begin to worry?
12. What was wrong with Kenneth when she found him?
13. How did Jane try to comfort Kenneth at the end of the passage?





## Ceum a bharrachd 2b

## Dè chunnaic thu?

- Chunnaic thusa Coinneach agus an duine.
- Bhruidhinn na poilis riut.
- Dè chunnaic thu?
- Cò ris a bha an duine coltach?

You were a witness to the crime and the police want a written statement from you. They want to know what you saw. They also want a detailed description of the suspect. Write your statement in Gaelic.



## Ceum a bharrachd 3a

## Seantansan

- Leugh na seantansan.
- Sgrìobh na seantansan ann am Beurla.
- Coimhead air Faclair Mòr.

Read the sentences. Write the sentences in English. Look at the **Faclair Mòr** section for help.

1. Rinn mi glè mhath aig a' Mhòd. Chluich mi a' chlàrsach agus sheinn mi. Bhuannaich mi duais.
2. Bha mi sgìth ann an Saidheans an-diugh. Chuir mi sìos mo pheann agus cha do sgrìobh mi càil.
3. Chunnaic mi film anns an taigh-dhealbh Disathairne ach cha do chòrd e rium.
4. Cha tàinig mo chù dhachaigh. Tha e air chall.
5. Bha mi anns an leabaidh agus chuala mi fuaim. Bha an t-eagal orm.



## Ceum a bharrachd 3b

## Seantansan Gàidhlig

- Leugh na seantansan.
- Sgrìobh na seantansan ann an Gàidhlig.
- Coimhead air Faclair Mòr.

Read the sentences. Write the sentences in Gaelic. Look at the Faclair Mòr section for help.

1. The train arrived in Inverness at 7pm.
2. I saw a good film on TV tonight.
3. I didn't write a letter. I wrote an e-mail.
4. I didn't go to the party. I wasn't well.
5. Catherine didn't see James today.



## Ceum a bharrachd 4

## Abairtean

- Obraich còmhla ris a' chlas.
- Leugh na h-abairtean.
- Dè tha iad a' ciallachadh?
- Tagh abairt.
- Dèan dealbh!

Read these Gaelic sayings. Try to work out what they mean. You may need a dictionary. Draw a picture to accompany one of them.

1. Rinn mi brochan dheth.
2. Ghabh e san t-sròin e.
3. Chaidh an ceòl air feadh na fìdhle.



Chaidh an ceòl air feadh na fìdhle



An dàrna leabhar ann an cùrsa ùr do luchd-ionnsachaidh na Gàidhlig san àrd-sgoil.

Tha an cùrsa stèidhichte air a' Churraicealam airson Sàr-mhathais.

Gheibhear obair leudachaidh agus fiosrachadh eile mun chùrsa air-loidhne aig [www.storlann.co.uk/ceumannan](http://www.storlann.co.uk/ceumannan)

The second book in a new course for Gaelic learners in secondary school.

The course is designed around Curriculum for Excellence.

Listening extracts, extension work and other information can be found online at [www.storlann.co.uk/ceumannan](http://www.storlann.co.uk/ceumannan)



**Stòrlann**  
Nàiseanta na Gàidhlig